

modal 2 aonad 1

Say what job someone has

Learn some adjectives to describe qualities needed for certain jobs

Understand fairly detailed information about a range of jobs

Say when something will happen

An ceann mo chosnaidh

Cànan:

Augmented prepositions

Nam, nad, na...

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad... feumaidh tu a bhith...

Relative future:

Nuair a... ma ...

Times

tric, a dh'aithghearr, uaireigin an-ath... ro... an ceann...



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Còimhead

In Ceumannan 1 Modal 5 Aonad 1 and Ceumannan 2 Modal 2 Aonad 1, you learned to talk about jobs and where people work. That vocabulary will be useful to you again in this unit.



Sùil air ais 1a. A bheil cuimhn' agad?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha còig mionaidean agad.
- Sgrìobh faclan mu obair.
- Dèan craobh-cuimhne.
- Cia mheud facal a th' agad?

Work with a partner. Write all the words and phrases you can remember on the topic of jobs. Your teacher may set a stopwatch for 5 minutes. If it helps, make a memory tree. Compare and discuss your list/tree with others.



Sùil air ais 1b. Am ball

- Mar chlas, cluich an gèam Am ball.

As a class, play the game Am ball. Your teacher will explain what you have to do.

Sùil air ais 1c. Deuchainn bheag

- Leugh na seantansan.
- A bheil cuimhn' agad air na faclan agus na h-abairtean seo?
- Maids a' Ghàidhlig ris a' Bheurla cheart.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Do you remember what these Gaelic sentences mean? You will have seen them all before. Match the Gaelic with the correct English translation. The first one has been done for you.

- | | |
|---|------------------------------|
| 1. 'S e neach-frithealaidh a th' annam. | a) Do you enjoy the job? |
| 2. Bidh mi ag obair còmhla ri clann. | b) I get £50 every week. |
| 3. Chan e gruagaire a th' innte. | c) I am unemployed. |
| 4. Bidh mi a' faighinn caogad not a h-uile seachdain. | d) I serve in a restaurant. |
| 5. Bidh mi a' frithealadh ann an taigh-bidh. | e) I work outside. |
| 6. A bheil an obair a' còrdadh riut? | f) She is not a hairdresser. |
| 7. Bidh mi a' tòiseachadh aig ochd uairean sa mhadainn. | g) I finish at 10pm. |
| 8. Bidh mi ag obair a-muigh. | i) I work with children. |
| 9. Tha mi gun obair. | j) I am a waiter. |
| 10. Bidh mi deiseil aig deich uairean feasgar. | k) I start at 8am. |



2. 'S e gairnealair a th' annam

- Èist ris an earrainn. (Earrann 1)
- Tha daoine ag innse dè an obair a th'aca.
- Coimhead air na dealbhan (a-e).

Listen to these people saying what job they have. Look at the pictures (a-e).

a) gardener



b) farmer



c) plumber



d) beautician



e) vet






3. Tha mi nam phlumair

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Coimhead air na dealbhan (a-e) a-rithist.
- Tha na daoine bho Eacarsaich 2 ag innse a-rithist dè an obair a th'aca.
- Èist ri ciamar a chanas iad seo a-nis.

Listen again to the same people from Exercise 2 saying what jobs they do. Look again at the pictures (a-e). Notice that they use a different phrase this time.





4. Obraichean

- Coimhead air na dealbhan agus na faclan.
- Sgrìobh na faclan ùra nad leabhar-sgrìobhaidh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Look at the pictures and the words for the jobs. Copy the new vocabulary into your jotter.

gàirnealair



tuathanach



plumair



maisiche



bheat





5. A bheil thu nad thuathanach?

- Obraichibh mar chlas no ann am buidheann.
- Cluich an gèam Balbh-chluich.
- Innsidh an tidsear dhut dè nì thu.

Play the game Balbh-chluich as a class or in a group. Your teacher will tell you how to play.





6. Bidh mi ag obair ann an clionaig

- Coimhead air na dealbhan.
- Leugh na builgeanan.
- Cò tha ag ràdh gach rud?
- Maids dà bhuilgean ri gach dealbh.

These people are talking about their jobs. Read the speech bubbles and look at the pictures. Match two speech bubbles with each person.

1.

Bidh mi ag obair ann an clionaig.

2.

Tha mi nam thidsear.



Garaidh



Donnchadh

3.

Tha mi nam chraoladair-rèidio.

4.

Bidh mi a' cluich ceòl agus a' bruidhinn ri daoine.

5.

Bidh mi a' dràibheadh tagsaidh ann an Glaschu.



Sileas



Magaiddh

6.

Bidh mi a' teagasg Eaconomas Dachaigh ann an colaiste.

7.

Tha mi nam neach-frithealaidh.

8.

Bidh mi a' frithealadh ann an cafaidh.

10.

Tha mi nam bheat.

9.

Tha mi nam dhràibhear.



Crisdean



7a. Tha mi nam thuathanach

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air na dealbhan.
- Leig ort gur tu a th' anns gach dealbh.
- Faighnichidh do charaid dè an t-ainm a th' ort agus dè an obair a th' agad.
- Gabhaibh turas mu seach.

Look at the pictures. Pretend that you are each of these people. Your partner will ask you your name and what job you have. Take turn about.



Anndra Mac-a-phi



Angela NicFhionghain



Dòmhnall MacRath



Màiri Anna Nic-a-phì



Raibeart Fearghasdan



Crisdean MacThòmais



Sileas NicArtair



Iain Ailig MacGumaraid



Eàirdsidh Camshron

Sàr obair

You and your partner might be able to have conversations longer than the basic example shown below. Add as much information as you can/ ask as many questions as you can.

By now you should be able to think of many different things you can talk/ask about.



Ailios Pheutan





Sgrìobh



Bruidhinn



Èist



Èist

7b. Tha mi nam mhinistear

- Coimhead air na dealbhan ann an 7a a-rithist.
- Leig ort gur tu a tha anns gach dealbh.
- Sgrìobh seantansan airson gach dealbh ag innse cò thu agus dè an obair a th'agad.
- Dèan suas fiosrachadh eile mas urrainn dhut.

Look at the pictures in 7a again. Pretend that you are each of these people. Write sentences for each picture, saying who you are and what job you have. You may add any other information you wish to make your writing more interesting.

8. A bheil mi nam mheacanaig?

- Cluich an gèam Steigearan ann am buidheann.
- Innsidh an tidsear dhut dè nì thu.

Play the game Steigearan in a group. Your teacher will tell you how to play.

9a. Tha e na mhanaidsear

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3a)
- Dè an obair a th'aig na daoine?
- Sgrìobh ainm agus obair.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Listen to these people talking about what jobs other people have. What do they do? Write their names and their jobs. The first one has been done for you.

- | | |
|------------------------|----|
| a. Claire, hairdresser | e. |
| b. | f. |
| c. | |
| d. | |

9b. Tha e ag obair anns na Hearadh

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3b)
- Tha tuilleadh fiosrachaidh ann mu na daoine bho Eacarsaich 9a. Èist.
- Càit a bheil iad ag obair?


Listen to some more information about the people from Exercise 9a. Where do each of them work? Give as much information as you can.



10. A bheil i na poileas?

- Cluich an gèam *Dèan dealbh* mar chlas no ann am buidheann.
- Innsidh an tidsear dhut dè nì thu.

Play the game *Dèan dealbh* in a group or as a class. Your teacher will tell you how to play.



Tha mi nam phlumair

You already know how to talk about what job you or someone else has:

'S e saor a th' annam	I am a joiner	'S e tidsear a th' ann	He is a teacher
An e còcaire a th' annad?	Are you a chef?	'S e tidsear a th' innte	She is a hairdresser.

But there is also another way of giving the same information. Notice what happens to the words for the jobs.

Tha mi nam shaor	I am a joiner
A bheil thu nad chòcaire?	Are you a chef?
Tha e na thidsear	He is a teacher

} Lenition

But!

Tha i na tidsear*	She is a teacher.	— No lenition
-------------------	-------------------	---------------

* When you are saying what job a woman has, you do not need lenition.

But, if her job begins with a vowel, you add an **h-** before it.

Mar eisimpleir: Tha i na h-einnseanair	She is an engineer
Tha e na einnseanair	He is an engineer



11. Tha Ailios na h-einnseanair

- Coimhead air na dealbhan.
- Dè an obair a th' aig na daoine?
- Cleachd facal bhon bhogsa airson crìoch a chur air gach seantans.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Look at the pictures. What jobs do these people have? Use the words in the box below to complete each sentence.



Tha Claire...



Tha Daibhidh...



Tha Anna...



Tha Ailean...



Tha Lionsaidh...



Tha Tòmas...



Tha Ailios...



Tha Eachann...



Tha Eòghann...



Tha Catrìona...

na tidsear
na gàirnealair
na thidsear

na h-einnseanair
na nurs
na einnseanair

na phoileas
na ghàirnealair
na poileas

na nurs



12a. Tha mi nam thidsear Spòrs

- Leugh mu Dhòmhnall agus a theaghlach.
- Dè an obair a th' aige?
- Dè an obair a th' aig na daoine eile na theaghlach?
- Copaig agus lion an clàr

Read about Donald and his family. What jobs do they do? Copy and complete the table.

Is mise Dòmhnall MacNèill. Tha mi nam thidsear spòrs agus tha mi ag obair ann an Àrd-sgoil a' Phluic.

Tha sianar nam theaghlach. Mise, mo mhàthair, m'athair, mo phiuthar, Eilidh, agus mo dhithis bhràithrean — Ros agus Stiùbhart.

Tha mo mhàthair ag obair ann an ospadal. Tha i na còcaire. 'S e Diane an t-ainm a th' oirre.

Tha m'athair, Seumas, na phoileas. 'S toigh leis an obair, ach tha e uabhasach trang.

Tha mo phiuthar Eilidh ag obair anns an Spàinn. Tha i na dotair.

Tha mo bhràthair mòr, Ros, na dhràibhear agus tha, Stiùbhart, mo bhràthair beag, na mheacanaig.

Relation	Name	Job
Mum		
		Police
Big brother		
	Stuart	
Sister		



12b. Tha còignear anns an teaghlach

- Leugh mu Dhòmhnall agus a theaghlach a-rithist.
- Leugh na seantansan gu h-ìosal.
- Sgrìobh ceart no ceàrr airson gach seantans.

Read the information about Donald and his family again. Read the statements below. Some are true and others are false. According to the information in the passage, label each one either **ceart** or **ceàrr**.

1. Tha còignear anns an teaghlach.
2. Tha Dòmhnall nas sine na Ros agus Stiùbhart.
3. Donald is younger than Ros and older than Stuart.
4. Tha Dòmhnall nas òige na Ros agus Stiùbhart.
5. Tha Stiùbhart na mheacanaig.
6. Ross works in Spain.
7. Tha Eilidh na dotair.
8. Tha Dòmhnall na thidsear.
9. Donald's Dad is called James.
10. Donald's mum works in a restaurant.



13. Cò iad?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air na dealbhan ann an Eacarsaich 11 a-rithist.
- Tagh fireannach agus boireannach.
- Inns dha do charaid beagan mu na daoine a thagh thu.
- Sgrìobh earrann ghoirid mu na daoine a thagh thu.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Work with a partner. Look at the pictures in Exercise 11 again. Choose one male and one female. Tell your partner about the people you have chosen. An example has been done to help you.

Your basic information should include:

Name

Job

Where they are from

You should also try to include:

Where they work

If they like/dislike their job

What their hobbies are

Any other information

Mar eisimpleir:

Seo Daibhidh. Tha e na phoileas. 'S ann à Leòdhas a tha e, ach tha e ag obair ann an Inbhir Nis.

Is toigh leis an obair. Tha e uabhasach trang. Is toigh le Daibhidh a bhith a' coimhead an TBh, a' cluich ball-coise agus ag èisteachd ri ceòl. Tha cù aige. 'S e Dileas an t-ainm a th'air.



14. Tha Calum na dhotair agus tha mise nam shagart

- Cluich an gèam Obair Obair! mar chlas no ann am buidheann.

Play the game **Obair Obair!** as a class or in a group.

Your teacher will tell you how to play.



15. Cò ris a tha iad coltach?

- Obraich ann am buidheann no mar chlas.
- Bruidhinn mu cò ris a bhiodh na daoine a leanas coltach nan nàdar.
- Dèan liosta ann am Beurla.

Work in a group or as a class. Discuss what qualities you would expect each of the people in the following jobs to have. Make a list in English.

◆ nurs

◆ còcaire

◆ clachair

◆ bheat

◆ tidsear

◆ iasgair



16. Feumaidh tu a bhith dìcheallach!

- Coimhead air na dealbhan.
- Dè tha thu a' smaoinichadh a tha gach dealbh a' riochdachadh?
- Èist ris an earrainn a-nis. (Earrann 4)
- Èist ris a' bhuadhair airson gach dealbh.

Listen to these adjectives in Gaelic as you look at the pictures for each one. Which adjective do you think each picture represents? Discuss your thoughts with your teacher and the rest of your class.

a.



b.



c.



d.



e.



f.



g.



h.



Cò ris a tha iad coltach?



Foighidneach



Dìcheallach



Coibhneil



Onarach



Làidir



Tuigseach



Cunnartach



Fortanach



17. Èist Tha an tidsear foighidneach

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Lion na beàrnan anns na seantansan ann am Beurla.

Listen to these sentences. Copy and complete each of the sentences below with the correct adjective.

- | | | | |
|-------------------|--------|-------------------------|--------|
| a. The nurse is | _____. | e. The doctor is | _____. |
| b. My job is | _____. | f. I enjoy my job. I am | _____. |
| c. The teacher is | _____. | g. The manager is | _____. |
| d. The builder is | _____. | h. The policeman is | _____. |



18. Tha thu uabhasach coibhneil.

- Leugh na seantansan.
- Tha faclan ùra annta.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read these sentences. Each one contains one of the new adjectives you have learned. Copy the sentences and translate them into English.

- Fhuair mi preasant bho Iain. Tha e uabhasach coibhneil.
- 'S toigh leam Mgr Fearghasdan. Tha e foighidneach.
- Feumaidh tu a bhith làidir.
- Feumaidh mi a bhith onarach.
- Bha an dotair uabhasach tuigseach.
- A bheil thu dìcheallach anns an sgoil?
- Tha caraidean math agam. Tha mi fortanach.
- Tha sneachd ann an-diugh. Bidh an rathad cunnartach.




19a. Tha mi nam chòcaire


- Èist ris an earrainn. (Earrann 6)
- Tha Pòl a' bruidhinn mun obair aige.
- Coimhead air na dealbhan. (a - g)

Listen to Paul talking about his job. Look at the pictures (a - g) while you are listening.

a.




b.



c.





19b. Colaiste Còcaireachd Ghlaschu

- Èist ri Pòl a-rithist. (Earrann 6)
- Leugh na ceistean agus coimhead air na Faclan is abairtean anns a' bhogsa.
- Sgrìobh notaichean fhad 's a tha thu ag èisteachd ris.
- Freagair na ceistean.

Listen to Paul again. Read the questions and the **Faclan is abairtean** below. This time, make notes as you are listening. Answer the questions.

Faclan is abairtean

nuair a bha mi	when I was
tòrr èisg	lots of fish
cùrsa	course
air a' chlàr-bìdh	on the menu
luchd-frithealaidh	waiting staff
an tuarastal	the wage/salary
Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad chòcaire	If you want to be a chef
Feumaidh tu a bhith...	you need to be...
ag ionnsachadh	learning
nuair a bhios an tid' agam	when I have the time
dìcheallach	hardworking
luchd-obrach	staff
biadh de gach seòrsa	all kinds of food
nuair a bhios an tid' agam	when I have the time
nuair a bhios mi nas sine	when I'm older

Ceistean

- Paul's surname is Fraser/Ferguson/Finlayson.
- He is from Glasgow/Edinburgh/Aberdeen.
- He works in a _____ in _____.
- How old was he when he left school?
- How long did he spend training at college?
- There are four/five/six people working in the kitchen.
- How many staff in total work at the Hungry Haggis?
- Name 3 things Paul has to wear at work.
- If you want to be a chef you need to be: (name 2 things)
 -
 -
- In The Hungry Haggis, there is a lot of _____ on the menu.
- Choose the correct statements:
Paul says that...

a. the kitchen is busy and hot.	f. he doesn't like his job.
b. he is learning a lot.	g. the pay isn't very good.
c. the pay is very good.	h. he enjoys his job.
d. the staff are nice.	i. he wants a new job soon.
e. the staff are hardworking.	
- What does Paul like to do in his spare time?
- What is Paul's ambition?



20. Tha mi nam bheat

- Leugh an agallamh le Magaidh.
- Tha i a' bruidhinn mun obair aice.
- Freagair na ceistean.
- Gheibh thu na faclan is abairtean ann an clò trom anns a' bhogsa gu h-ìosal

Read the Interview with Maggie. She is talking about her job. Answer the questions. Words and phrases in bold appear in the box below.



Faclan is abairtean

a bhith ag obair

a' chlionaid

anns a' choimhearsnachd

beathaichean

bidh dragh air na daoine

clionaid

coibhneil

an cùrsa

Feumaidh tu a bhith...

foighidneach

fortanach

latha fada

le beathaichean

ma bhios mi

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad bheat

math le daoine

Nuair a bhios mi

oilthigh

plastaig

tòrr rudan inntinneach

tuigseach

a-muigh

to be working/to work

the clinic

in the community

animals

the people will be worried

clinic

kind

the course

You need to be...

patient

lucky/fortunate

a long day

with animals

If I (am)

If you want to be a vet

good with people

When I (am)

university

plastic

lots of interesting things

understanding

outside

• **Dè an t-ainm a th' ort agus cò às a tha thu?**

Is mise Magaidh NicFhionghain agus 's ann às an Eilean Sgitheanach a tha mi.

• **Dè an obair a th' agad?**

Tha mi nam bheathag agus bidh mi ag obair ann an Steòrnabhagh ann an Leòdhas.

Ceistean

1. What is Maggie's surname?
2. Where is she from?
3. What is her job?
4. In which town does she work?

• **Dè bhios tu a' dèanamh nad obair?**

Bidh mi ag obair le **beathaichean**. Bidh mi ag obair ann an clionaig ann an Steòrnabhagh agus uaireannan bidh mi ag obair **anns a' choimhearsnachd** cuideachd.

Nuair a bhios mi ag obair anns **a' chlionaig**, chì mi cait, coin agus peataichean eile. **Nuair a bhios mi** ag obair **anns a' choimhearsnachd**, chì mi crodh agus caoraich.

Ceistean

5. Complete the passage.

Maggie works with _____. She is based in a clinic in _____. In the clinic she sees _____, _____ and other pets.

Sometimes she works in the _____ and she sees _____ and _____.

• **Dè an t-aodach a bhios ort aig d' obair?**

Nuair a bhios mi ag obair, bidh mi a' cur orm còta geal agus miotagan **plastaig**.

Ma bhios mi ag obair a-muigh, bidh còta-uisge agus bòtannan orm cuideachd.

• **Dè as fheàrr leat – a bhith ag obair anns a' chlionaig no anns a' choimhearsnachd?**

Ma bhios i fliuch agus fuar a-muigh, 's fheàrr leam **a bhith ag obair anns a' chlionaig**.

Ma bhios latha math ann, 's fheàrr leam **a bhith ag obair a-muigh**.

Ceistean

6. a) What does Maggie wear when she is working?
b) What else does she wear when she works outside?
7. She prefers working inside in the clinic if...
a) it's cold and windy
b) it's wet and windy
c) it's cold and frosty
d) it's cold and wet
8. She prefers working outside...
a) in the summer
b) if it's a good day
c) if it's a dry day
d) when it's sunny

- **Dè am beathach as fheàrr leat?**

Tha sin doirbh! 'S fheàrr leam coin, tha mi a' smaoin eachadh.

- **A bheil peata agad?**

Tha cù agam. 'S e Robach an t-ainm a th'air. Tha e beag, dubh is donn agus tha e uabhasach laghach agus modhail. Bidh e a' tighinn dhan chlionaig còmhla rium a h-uile latha.

9. What is Maggie's favourite animal?
10. What pet does she have?
11. a) What is her pet's name?
b) What does his name mean? You may need a dictionary.
12. Describe Maggie's pet. You should be able to list five details about him.
13. What does Maggie say her pet does every day?

- **A bheil e doirbh a bhith nad bheat?**

Tha. **Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad bheat**, feumaidh tu a dhol dhan oilthigh airson còig bliadhna. Tha **an cùrsa** doirbh agus tha tòrr obrach ann.

Feumaidh tu a bhith math le **beathaichean**. Nuair a tha thu ag obair còmhla riutha, **feumaidh tu a bhith** sàmhach, **coibhneil** agus **foighidneach** oir mar as trice bidh an t-eagal air **beathaichean** nuair a thig iad a-steach dhan chlionaig.

Feumaidh tu a bhith math le daoine cuideachd.

- **Carson?**

Airson ma bhios **beathaichean** uabhasach tinn, bidh dragh air **na daoine** cuideachd. Feumaidh tu a bhith **tuigseach** agus **coibhneil**.

Ceistean

14. What does Maggie say you need to do if you want to be a vet?
15. What does she say about the course?
16. a) What qualities does Maggie say you need when you are working with animals?
b) What reason does she give for this?
17. Maggie says that vets also need to be good with people.
a) What qualities does she say a vet should have in order to deal with people?
b) Why?

- **A bheil an obair a' còrdadh riut?**

Tha gu mòr! Tha mi uabhasach measail air **beathaichean** agus chì mi tòrr **rudan inntinneach** a h-uile latha. Tha mi a' smaoin eachadh gu bheil mi math air an obair. Uaireannan bidh i doirbh agus tha an **latha fada**. Ach tha mi **fortanach**. Tha m'obair a' còrdadh rium.

Ceistean

18. a) Why does Maggie enjoy her job so much? Give two reasons.
b) What are the negative things about her job sometimes? Name 2 things.




21. Bidh mi ag obair an-ath-sheachdain

- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Tha faclan ùra ann.
- Cuin a tha na daoine a' dol a dhèanamh rudan?
- Sgrìobh na seantansan Beurla.
- Lion gach beàrn le faclan Beurla bhon bhogsa.

Listen to these statements. They give information about when people will be doing certain things.

Copy and complete the sentences with words from the box opposite.



- Catherine will be going to college _____ year.
- I must do the homework _____ Friday.
- Donald will be working _____ week.
- Helen will make dinner _____.
- Anna will be coming home _____ tomorrow.

Bidh mi a' falbh an ceann seachdain

If you want to talk about when you will do something, these words will be useful:

an ceann ... in a ... 's time

an ceann seachdain
in a week's time

an ceann greis
in a wee while

an ceann bliadhna
in a year's time

an-ath...* next

an-ath-sheachdain
next week

an-ath-mhios
next month

an-ath-bhliadhna
next year

ro...* before

ro Dhiciadain
before Wednesday

ro bhracaist
before breakfast

ro chòig uairean
before five o'clock

a dh'aithghearr soon

chì mi a dh'aithghearr thu
I'll see you soon

Bidh mi a' falbh a dh'aithghearr
I'll be leaving soon

uaireigin sometime

Chì mi uaireigin thu
I'll see you sometime

Bidh mi a' falbh uaireigin an-diugh
I'll be leaving sometime today.

* Notice that lenition happens after these words.

Other words you might hear people using when they are talking about when they do things are:

mu about
tric often

uaireannan sometimes
mar as trice usually

You have seen all of these before.



22. Chì mi a dh'aithghearr sibh!

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla iad.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Read the speech bubbles. What do they say? Write the English for each one. The first one has been done for you.

1.

Dè tha thu a' dèanamh an-ath-sheachdain?

What are you doing next week?

2.

Bidh mi a' falbh air saor-laithean an ceann mìos.

3.

A bheil thu 'n dùil a dhol dhan oitthigh an-ath-bhliadhna?

4.

Am bi thu deiseil ro cheithir uairean?

5.

Bidh mi a' dol dhan leabaidh a dh'aithghearr. Tha mi uabhasach sgith.

6.

Thèid sinn a dh'Inbhir Nis uaireigin an-ath-sheachdain.

7.

Chì mi a dh'aithghearr sibh!

8.

Tha Niall a' dol a bhith na dhotair. Bidh e deiseil anns an oitthigh an ceann dà bhliadhna.

9.

Bidh am post a' tighinn uaireigin ro dheich uairean.

10.

Cha toigh leam m' obair idir! Bidh mi a' fàgail an-ath-mhios.



23. Tha mi nam iasgair

- Obraich còmhla ri caraid.
- Leugh a-mach am fiosrachadh mu Eòsaph MacNèill.
- Tha e a' bruidhinn mun obair aige.
- Sgrìobh notaichean còmhla ri do charaid.
- Cleachd na Faclan is abairtean anns a' bhogsa airson cuideachadh.
- Inns dhan tidsear/chlas mu Eòsaph.

With a partner, take turns to read the passage out loud. Take one paragraph at a time. Work together to understand the information. Use the **Faclan is abairtean** in the box below to help you. You do not need to translate all of the information about Eòsaph. You should only make some summary notes. Share your information with your teacher/class.

Faclan is abairtean

nuair a bha mi	when I was
'S toigh leam a bhith...	I like to be/I like being...
làidir	strong/tough
an tuarastal	the salary/wage
latha fada	a long day
droch shìde	bad weather
cunnartach	dangerous
fad an latha	all day

Dè an t-ainm a th' ort agus dè an obair a th' agad?

Is mise Eòsaph MacNèill agus 's ann à Barraigh a tha mi. Tha mi fichead 's a còig bliadhna a dh'aois agus tha mi nam iasgair.

Dh'fhàg mi an sgoil **nuair a bha mi** sia-deug agus fhuair mi obair air bàta. **Nuair a bha mi** fichead, cheannaich mi am bàta agam fhìn. Bidh mo bhràthair beag Fionnlagh ag obair còmhla rium.

Bidh sinn ag iasgach ann an Uibhist agus Barraigh. 'S fheàrr leam Barraigh.

Cò ris a tha an obair coltach?

Tha i doirbh. Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad iasgair, feumaidh tu a bhith **làidir**. Mar as trice, bidh mi a' tòiseachadh aig còig uairean sa mhadainn. Bidh sinn deiseil mu shìa uairean feasgar.

'S e **latha fada** a th' ann agus tha e uaireannan **cunnartach**.

Dè bhios tu a' cur ort aig d' obair?

Air a' bhàta feumaidh mi còta-uisge, briogais-uisge, geansaidh blàth, bòtannan agus miotagan rubair a chur orm.

Dè 's toigh leat mun obair?

'S **toigh leam a bhith** a-muigh. Tha na seallaidhean cho brèagha agus bidh mo bhràthair ag obair còmhla rium air a' bhàta agus tha sin math. Chan fheum mi lèine agus taidh a chur orm agus 's toigh leam sin!

Dè nach toigh leat mu iasgach?

Bidh **an tuarastal** a' dol suas agus sìos – uaireannan tha e math, ach uaireannan chan eil.

Ma bhios **droch shìde** ann, chan urrainn dhut a dhol a-mach.

Bidh thu tric fliuch agus fuar **fad an latha** agus tha e **cunnartach** cuideachd.

A bheil an obair a' còrdadh riut?

Tha, mar as trice. 'S e obair gu math doirbh a th' ann, ach tha an t-iasgach a' còrdadh rium.





24a. Tha mi nam thidsear ann am bun-sgoil 1

- Coimhead co-dhiù dà thuras air a' bhidio mu Cheit NicIllEathain. (Earrann bhidio 1)
- Bruidhinn ri do charaid mu dè na thog thu bhon bhidio.

Watch the video about Kate Maclean at least twice. (Earrann bhidio 1) Discuss with a partner the information you learned about Kate from the video.

24b. Tha mi nam thidsear ann am bun-sgoil 2

- Obraich còmhla ri caraid.
- Leugh na ceistean mu Cheit.
- Coimhead a-rithist air a' bhidio. (Earrann bhidio 1)
- Cuir stad air a' bhidio aig àm sam bith.
- Freagair na ceistean còmhla ri do charaid.
- Freagair Ceistean B ann an Gàidhlig.

Work with a partner. Read the questions below about Kate. Watch the video again. You may pause and re-start the video at any stage. Answer the questions together. You should try to answer the questions in part B in Gaelic.

Ceistean A

1. a) How many staff work at the school?
b) What does Kate say about them?
2. What are teachers not allowed to wear to work?
3. Name two things she says are good about the job.
4. Name one thing that is not good about the job.
5. a) How long is it until the school holidays?
b) What does she plan to do in the holidays?

Ceistean B

1. Cò às a tha Ceit?
2. Dè an aois a tha i?
3. Cuin a dh'fhàg i an sgoil?
4. Dè an obair a th'aice?
5. Càit a bheil i ag obair?
6. Càit a bheil i a' dol anns na saor-làithean?



25. An obair agam

- Dè an obair a tha thu fhèin ag iarraidh?
- Tagh obair a chòrdadh riut.
- Leig ort gu bheil an obair sin agad.
- Inns dha do charaid/do thidsear mu deidhinn.
- Cleachd am plana, na Faclan feumail agus cuid de na ceistean gu h-ìosal airson cuideachadh.
- Cuiridh do charaid/do thidsear ceistean ort mun obair agad.
- Seo cuid de na ceistean a dh'fhaodadh do charaid/do thidsear faighneachd.

What job would you like to do when you leave school? Imagine that you are doing that job. Prepare to tell your partner/teacher all about yourself and your job. You might want to look at/listen again to some of the information Ceit, Magaidh, Pòl and Eòsaph gave about their jobs.

Write down some notes of what you would like to say. Use the speaking plan, Faclan feumail and the some of the questions from the box below to help you prepare. You should aim to be able to talk to your partner/teacher for at least 2-3 minutes.

NB: You do not have to use all the questions listed!

Speaking plan:

- Give some basic information about yourself and your background (your name, age, where you are from etc).
- Say what job you do and where you work.
- Say what your job involves. (particular tasks/start & finish times etc)
- Say whether you enjoy the job or not.
- Mention some things you like/dislike about it.
- Say what is required for the job. For example, what qualifications/training/personal qualities are needed.
- Say what your ambitions are for your future.



Ceistean



Dè an t-ainm a th'ort?



Cò às a tha thu?



Càit a bheil thu a' fuireach?



Dè an obair a th' agad?



Càit a bheil thu ag obair?



Dè as toigh leat mun obair?/Dè tha math mun obair?

What do you like about the job?/What is good about the job?



Dè an rud as fheàrr leat mun obair?

What is your favourite thing about the job?



Dè nach toigh leat mun obair?/Dè nach eil math mun obair?

What do you not like about the job?/What is not good about the job?



Dè bhios tu a' dèanamh nad obair?

What do you do in your job?



Dè an t-aodach a bhios ort aig d' obair?

What do you wear to work?



Cuin a bhios tu a' tòiseachadh?

When do you start work?



Cuin a bhios tu deiseil?

When do you finish?



A bheil an tuarastal math?

Is the pay good?



A bheil an obair a' còrdadh riut?

Do you enjoy the job?



Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad..., dè nì thu?

If you want to be a..., what should you do?

(ie What qualifications/training/personal qualities are needed for your job?)



Dè tha thu a' smaoinichadh a bhios tu a' dèanamh an ceann deich bliadhna?

Where do you see yourself in ten years' time?

Faclan feumail

Tha mi nam...

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad...

Feumaidh tu/Chan fheum thu...

...a dhol dhan oilthigh/cholaiste

...cùrsa a dhèanamh

...trèanadh a dhèanamh

...a bhith

foighidneach

làidir

dìcheallach

coibhneil

tuigseach

onarach

fortanach

math le clann

math le daoine

math le do làmhnan

mar as trice

uaireannan

Nuair a bhios mi ag obair...

Bidh mi a' cur orm...

Tha/Chan eil m' obair a' còrdadh rium.

Chan urrainn dhomh a bhith a' gearan.

'S e obair mhath a th' ann.

'S e obair dhoirbh a th' ann.

Tha/Chan eil an tuarastal math.

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi math air.

Tha mi an-còmhnaidh cho trang.

Tha an luchd-obrach laghach.

Tha latha fada agam.

I am a...

If you want to be a...

You need/ You don't need...

to go to university/college

to do a course

to do training

to be

patient

strong/tough

hardworking

kind

understanding

honest

lucky/fortunate

good with children

good with people

good with your hands

usually

sometimes

When I am am working...

I wear...

I do/do not enjoy my job.

I can't complain.

It's a good job.

it's a difficult job.

The pay is/is not good.

I think I'm good at it.

I'm always so busy.

The staff are nice.

I have a long day.



26. Mi-fhìn 's m' obair

- Sgrìobh earrann mun obair agad.
- Cleachd na notaichean a sgrìobh thu airson bruidhinn ri do charaid/thidsear.
- Seall am pìos sgrìobhaidh dha do charaid/do thidsear an uair a tha thu deiseil.
- Èist ri comhairle sam bith a th'aca dhut.
- Dèan ath-sgrìobhadh grinn.

Write a passage about yourself and your job. To help you, use your notes from the previous task as well as any other new language you have learnt in this unit.

You should aim to write between 150 - 200 words. Show your writing piece to your partner/teacher. Listen to any advice they have on how you could improve your work.

Redraft your work when you are satisfied that you have done your best. Illustrate your work with suitable images if you have time.

Tha thu deiseil de **Mhodail 2 Aonad 1**.

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



☐ 'S urrainn dhomh/I can:

☐ say what job I have

☐ say what job someone else has

☐ say what qualities are needed for certain jobs

☐ say when something is going to happen

☐ understand fairly detailed information about a range of jobs

☐ ☐ ☐ ☐ ☐

Faclan is abairtean

a bheil thu nad mhanaidsear?	are you a manager?
a bheil thu nad...?	are you a...?
a h-uile duine	everyone
a' dèanamh deiseil	preparing/getting ready
a' teagasg	teaching
aparan, an t-aparan (m)	apron, the apron
Àrd-sgoil a' Phluic	Plockton High School
beathach, am beathach (m)	animal, the animal
beathaichean, na beathaichean	animals, the animals
bheat, a' bheat (m)	a vet, the vet
biadh de gach seòrsa	all kinds of food
bidh dragh orra	they will be worried/concerned
briogais-uisge	waterproof trousers
ceartachadh	correction/marking
Chan fheum mi lèine agus taidh a chur orm	I don't have to wear a suit and tie.
Chan urrainn dhomh a bhith a' gearan.	I can't complain.
clionaig, a' chlionaig (f)	clinic, the clinic
coibhneil	kind
coimhearsnachd, a' choimhearsnachd (f)	community, the community
còmhla rium	with me
cudromach	important
cunnartach	dangerous
daoine, na daoine	people, the people
dicheallach	hardworking
dinichean, na dinichean	jeans, the jeans
dragh, an dragh (m)	worry/concern, the worry/concern
droch shìde	bad weather
einnseanair, an t-einnseanair (m)	an engineer, the engineer
feumaidh mi ... a chur orm	I have to wear...
feumaidh tu a bhith...	you need to be...
foighidneach	patient
fortanach	fortunate/lucky
gach seòrsa	every kind/all kinds
gàirnealair, an gàirnealair (m)	a gardener, the gardener
làidir	strong
latha fada	a long day
luchd-frithealaidh, an luchd-frithealaidh	waiters/waitresses, the waiters/waitresses
luchd-obrach, an luchd-obrach	staff, the staff
ma gheibh mi	if I get...
ma tha thu ag iarraidh a bhith nad...	if you want to be a...
ma tha thu nad...	if you are a...
ma thèid mi...	if I go...
ma...	if...
maisiche, am maisiche (m)	a beautician, the beautician

math le daoine	good with people
measail air...	fond of.../keen on...
miotagan rubair	rubber gloves
nad obair	in your job
nam obair	in my job
obair-sgoile	school work
onarach	honest
plastaig	plastic
plumair	a plumber
robach	tatty, scruffy
rubair	rubber
teagasg	teaching (noun)
tha dragh orm	I am worried/concerned
Tha e na thidsear.	He is a teacher.
Tha e na...	He is a...
Tha i na tidsear.	She is a teacher.
Tha i na...	She is a...
tha mi a' smaoin eachadh gu bheil mi math air m'obair.	I think I'm good at my job.
Tha mi nam dhràibhear.	I am a driver.
tha mi nam...	I am a...
tòrr èisg	lots of fish
tòrr rudan inntinneach	lots of interesting things
trèanadh, an trèanadh (m)	training, the training
tuarastal, an tuarastal (m)	salary/wage, the salary/wage
tuathanach, an tuathanach (m)	a farmer, the farmer
tuigseach	understanding
Cuin?	When?
a dh'aithghearr	soon
an-ath-bhliadhna	next year
an-ath-latha	the next day
an-ath-mhìos	next month
an-ath-sheachdain	next week
an-ath-...	next...
an ceann bliadhna	after/in a year's time
an ceann greis	after/in a while
an ceann mìos	after/in a month's time
an ceann seachdain	after/in a week's time
an ceann...	after/in (used with lengths of time)
Chì mi a dh'aithghearr thu/sibh.	See you soon.
nuair a bha mi...	when I was...
nuair a bhios an tid' agam	when I have the time
nuair a bhios mi ag obair	when I'm working/ when I work
nuair a bhios mi deiseil...	when I finish...
nuair a bhios mi nas sine	when I am older
nuair a bhios mi...	when I...
ro DhiSathairne	before Saturday
ro shia uairean	before six o'clock

ro...
sagart, an sagairt
tric
uaireigin

before...
priest, the priest
often
sometime



Sùil air ais 1. Dè an obair a th' aca?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 8)
- Dè an obair a th'aig na daoine seo?
- Còpaig agus lìon an clàr.

Listen to the extract. What jobs do these people have? Copy and complete the table.

Ainm	Obair
a. John	
b. Paul	
c. Claire	
d. Murdo	
e. Rachel	
f. Calum	

Sùil air ais 2. Tha mi nam shaor

- Leugh am fiosrachadh.
- Sgrìobh a' Ghàidhlig airson an obair cheart.
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig ag innse gu bheil an obair sin agad.
- Chaidh fear a dhèanamh dhut mar-thà.

Work out the clues for these jobs. Write the Gaelic word for each job. Write a sentence saying you have that job. The first one has been done for you.

Mar eisimpleir:

1. This person makes things with wood.

Saor a joiner **Tha mi nam shaor.** I am a joiner.

2. This person raises crops and livestock for a living.
3. Tanning, facials and manicures are daily tasks in this job.
4. You need green fingers to be good at this job.
5. You could work in front of or behind a camera for this job and you may be based in a studio.
6. This job forbids you to get married.
7. You need to be good with animals for this job.
8. This person works in a school and has to be very fit.
9. You might have to go to war if you choose to be one of these.
10. This person fixes cars for a living.



Sùil air ais 3. A bheil thu nad fhiacclair?

- Sgrìobh ann am Beurla.

Translate into English.

1. Tha Cailean na ghruagaire.
2. Tha Donna na gàirnealair
3. A bheil thu nad fhiacclair?
4. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Ailios na h-einnseanair
5. A bheil thu ag iarraidh a bhith nad mhaisiche?
6. Chan eil mi ag iarraidh a bhith nam bheat. Chan eil mi math le beathaichean.
7. Chan eil mi nam phlumair. Tha mi nam mheacanaig.

Sùil air ais 4. Tha lain na chraoladair

- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig ag innse dè an obair a th' aig na daoine seo.

Write out the jobs done by each of the people below.

Mar eisimpleir: Tha lain na chraoladair.

1. John – broadcaster
2. James – minister
3. Kirsty – secretary
4. Angus – waiter
5. Jean – hairdresser
6. Christopher – joiner
7. Finlay – builder
8. Catherine – manager
9. Alice – crofter
10. Julia – chef

Sùil air ais 5. Ma thèid mi dhan bhaile...

- Maids àireamh ri litir airson seantans slàn a dhèanamh.
- Sgrìobh an seantans ann an Gàidhlig agus Beurla.

Match up the heads (1 - 7) and tails (a - g) to make complete sentences. Write the sentences in Gaelic and English. There may be more than one possible combination for some of them.

- | | |
|---|--|
| 1. Ma bhios latha math ann a-màireach, | a) gheibh mi am bus. |
| 2. Ma thèid mi dhan bhaile, | b) bidh mi toilichte. |
| 3. Ma bhios dannsa ann Dihaoine, | c) cha tèid sinn a-mach. |
| 4. Ma gheibh mi an obair, | d) tha mi ag iarraidh a bhith nam iasgair. |
| 5. Ma bhios droch shìde ann a-màireach, | e) thèid sinn dhan tràigh. |
| 6. Nuair a bhios mi nas sine, | f) thèid mi ann. |
| 7. Ma bhios airgead agam, | g) ceannaichidh mi aodach. |



Sùil air ais 6. Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad...

- Cò ris am bu chòir na daoine seo a bhith coltach?
- Sgrìobh do bheachd airson gach obair.
- Cleachd an abairt “Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad..., feumaidh tu a bhith...”

What qualities/skills do you think are required for each of the following professions?

Begin each of your answers with:

Ma tha thu ag iarraidh a bith nad..., feumaidh tu a bhith...

If you want to be a..., you need to be...

Use a dictionary if you need one. The first one has been started for you.

- nurse

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad nurs, feumaidh tu a bhith coibhneil ...

If you want to be a nurse, you need to be kind, ...

- tidsear Gàidhlig
- craoladair telebhisein
- tuathanach
- dràibhear tagsaidh
- poileas

Faclan feumail

tuigseach

èibhinn

dicheallach

làidir

brèagha

onarach

inntinneach

coibhneil

glic

fallain

laghach

foighidneach

tuigseach

modhail

math le beathaichean

math le daoine

math le clann

math air èisteachd

math air bruidhinn

math air...



Sùil air ais 7. Cò ris a tha thusa coltach?

- Cò ris a tha thusa coltach?
- Tòisich le “Tha mi a’ smaoinichadh gu bheil mi...” — I think I am...

What are you like? Which adjectives/qualities best describe you?

Start your list with “Tha mi a’ smaoinichadh gu bheil mi...” — I think I am...

Use the adjectives/qualities you learned in this unit as well as any of your own you wish to add. Use a dictionary if you need one.

Sùil air ais 8. Thèid mi dhan Ghrèig an-ath-bhliadhna

- Càit a bheil na daoine a’ dol?
- Cuin a tha iad a’ dol ann?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Where are these people going? When are they going there? Copy and complete the table.

1. Bidh Seònaid a’ falbh dhan Fhraing an ceann seachdain.
2. Thèid Alasdair dhan Chuimrigh an-ath-mhios.
3. Bidh Màrtainn a’ dol dhan fhiacclair an-ath-sheachdain.
4. Bidh Eòghann a’ falbh a Ghlaschu air a’ bhus ro mheadhan-latha.
5. Tha Sileas an dùil a dhol a dh’Astràilia uaireigin an-ath-bhliadhna.
6. Feumaidh Màiri a dhol dhachaigh a dh’aithghearr.
7. Bidh Seòras a’ falbh air an treàn a Shasainn an ceann greis.

	Cò?	Càite?	Cuin?
1.	Janet		
2.		Wales	
3.			Next week
4.	Ewan		
5.			
6.		home	
7.			

Sùil air ais 9. Chan eil sin ceart!

- Lorg am facal nach eil a’ dol leis an fhèadhainn eile.
- Sgrìobh adhbhar carson.

Identify the odd word out in each group. Say why it is the odd one out.

An example has been done for you.

Mar eisimpleir: **dotair** **ospadal** **manaidsear** **bèicear**

Ospadal is the odd word out. The others are all jobs.

1. bliadhna seachdain dìcheallach mìos
2. taigh-òsta clionaig ospadal ionad-slàinte
3. foighidneach tuigseach coibhneil crosta
4. ministear sagart beathaichean nurs
5. gàirnealair rùnaire iasgair tuathanach





Cultar Obraichean oighreachail – Hereditary professions

The family business

Although it is not unheard of to find shops, companies, and businesses with the title 'sons' attached to their name, nowadays it is not so common for children to follow in their parents' footsteps and enter exactly the same profession, generation after generation.

However, back in the days of Clans and Chiefs there were some families that were famous for generations for being masters of particular professions. Two such families were the Beatons (sometimes known as MacBeths), who were doctors, and the MacCrimmons, who were pipers. Generations of both families were employed by Clan Chiefs and Royalty for their particular skills.



Clann 'ic Beatha/Na Peutanaich – The Beatons

**“Clann 'ic Beatha a' ghrinn,
Luchd snaidheadh chnàmh is chuislean.”**

*“MacBeths of the polished ways,
Men who slit bones and veins.”*

The Beatons were exceptionally talented doctors. They were employed for many generations to tend the health of the MacDonalds of Clan Ranald in South Uist, Morar and Moidart, and to the Chiefs of the MacLeans in Mull. As well as looking after the health of the nobility, the Beatons also provided a medical service to many of the common people and clansfolk in these areas.

Some historical accounts claim that the Beatons held their position as hereditary physicians to the nobles and Royals of Scotland for more than 400 years. Historians believe that the first family of Beaton doctors came from Ireland and settled in Islay around 1300AD and it is claimed that almost every Scottish King from the 14th until the 18th Century received medical care from a Beaton physician. Possibly one of their most famous patients was Robert the Bruce. The last written record of the Beatons' employment comes from a medical certificate written in 1716 by a Dr Donald Beaton, the last hereditary physician to Macdonald of Sleat in the Isle of Skye.

Such was their skill, that it is said that only once was one of the Beaton doctors unable to diagnose a medical problem. The daughter of the very first Beaton doctor fell ill, and despite his medical expertise, he could not prevent her death. When a post-mortem was carried out, the girl's death was put down to the presence of a live frog found in her stomach! After her death, Doctor Beaton tried to find a cure for this peculiar affliction, and eventually found nettle soup to be the answer! It is said that he used this to cure another girl who had swallowed a tadpole which grew into a frog in her stomach.

A memorial to the famous Beaton family stands on the Isle of Mull — the island with which they are most commonly associated.

Clann 'icCruimein

The MacCrimmons were extremely gifted professional pipers, and their name is famous in the piping world to this very day. They were employed by the Clan MacLeod at their seat, Dunvegan Castle, in the Isle of Skye. Historians estimate that the MacCrimmon pipers held their position with the Clan Macleod for more than two hundred years, beginning around the early sixteenth century.

There is some uncertainty about where the MacCrimmon family came from. Some believe they came over to Scotland from Northern Ireland, and other accounts claim that they originated in the small town of Cremona in Italy.



Why would a chief employ a piper?

Every morning, the piper would play to wake the Chief and his family with a special tune. He would also play on important occasions involving members of the clan, to commemorate weddings, births and funerals. When the chief wanted to hold a meeting, the piper played a gathering tune to call the members of the clan to assemble.

Being a piper was an esteemed and well-respected profession. They were well paid by their chiefs and would sometimes be gifted land and property as payment.

The MacCrimmon craft

The MacCrimmons were given lands by MacLeod in the village of Borreraig, close to Dunvegan, where they set up a famous piping school. Because they were known to be the elite of pipers, Chiefs from all over Scotland would send their own pipers to Borreraig to learn the MacCrimmons' art.

The MacCrimmon course of study took at least seven years to complete; to become a MacCrimmon-certified master of piping, a piper had to learn at least 196 tunes. It was an extremely difficult task, and some students took over a decade to accomplish it.



The MacCrimmon family remained at Borreraig until around 1770, when the last full time and resident hereditary MacCrimmon piper, Iain Dubh, gave up his post and returned the lands to the MacLeods.

The MacCrimmons' piping school no longer remains, although their legacy will never be forgotten by piping enthusiasts the world over. To commemorate the family, a cairn has been built to mark the spot where they lived and taught for well over two hundred years.

An robh fios agad?

Did you know that the Queen has her own personal piper?

Every weekday at 9.00am he plays the pipes for about fifteen minutes under her window when she is in residence at Buckingham Palace, Windsor Castle, the Palace of Holyroodhouse or Balmoral Castle. How's that for a personal alarm clock?



1. Cumha na Cloinne

- Èist ri 'Cumha na Cloinne'. (Earrann 9)
- Rinn Pàdraig Mòr MacCruimein am port.

Listen to 'Lament for the Children' composed by Pàdraig Mòr MacCrimmon.

Pàdraig Mòr composed this lament after he lost seven of his eight sons when they became ill and died from a virus which was carried to the shores of Dunvegan by the crew of a ship that docked there.



2. Faigh a-mach

There are a number of stories, myths and legends surrounding the famous Beaton and MacCrimmon families — particularly about how they came by their exceptional abilities.

Choose one of the families.

Find out about them.

Can you find any interesting stories and/or legends about them?

3. Who else would a chief employ?

As well as doctors and pipers, a Clan Chief would have had many staff in his employment.

Your teacher will help you find out who else a Clan Chief might have employed. Add these jobs to the list below. You should complete your list in Gaelic and English.

Clann 'icLeòid
Luchd-obrach

- dotair
- piobaire
- amadan
- fiosaiche
-
-

Talk about your interests and plans for the future

Speaking assessment/presentation opportunity

An obair a bhios agam

Cànan:

Future tense

Nì mi cùrsa ann am Bith-eòlas aig oilthigh.

Talk about what you would like to do, using 'airson'.

Tha mi airson a bhith nam dhotair.

Conditional tense

Bhiodh ùidh agam ann an obair le Gàidhlig.

Bu toigh leam obair fhaighinn ann an Glaschu.

Bhithinn airson fuireach thall thairis.



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh





Coimhead



1. Thèid mi dhan oilthigh ann an Obar Dheathain

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Tha an ceathramh bliadhna ag innse dè nì iad nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.
- Dè nì iad?
- Sgrìobh na seantansan Beurla agus lìon gach beàrn le ainm.

Read the speech bubbles. These 4th years are talking about what they plan to do when they leave school. What are they going to do? Copy the sentences 1-10 below. Fill each of the blanks with the correct name. Some names may be used more than once.



a) Crìsdean

Thèid mi dhan oilthigh ann an Obar Dheathain.
Tha mi ag iarraidh a bhith nam einnseanair.



b) Sìleas

Gheibh mi obair, ach feumaidh mi a dhol dhan cholaiste cuideachd. Tha mi ag iarraidh a bhith nam ghruagaire.



c) Fionnlagh

Chan eil mise ag iarraidh a dhol gu colaiste no oilthigh idir!
Is beag orm an sgoil, agus bidh mi toilichte sgur dhith.
Tha mi ag iarraidh a bhith nam shaighdear.



d) Tina

Chan eil mi cinnteach dè nì mi!



e) Cailean

Cha tèid mise dhan cholaiste. Gheibh mi obair.
Tha mi ag iarraidh airgead.



f) Ceitidh

Tha mise ag iarraidh a bhith nam dhotair.
Feumaidh mi a dhol dhan oilthigh airson sin.
Bidh tòrr obrach ann, ach tha mi ag iarraidh obair mhath.

1. _____ wants to be a doctor.
2. _____ wants to be a hairdresser.
3. _____ wants to be a soldier.
4. _____ wants to be an engineer.
5. _____ wants to start earning some money.
6. _____ doesn't know what to do.
7. _____ will have to go to college.
8. _____ and _____ will go to university.
9. _____ hates school and will be happy to leave.
10. _____ wants a good job.



2. Tha mi airson fuireach ann am Peairt

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 1)
- Tha iad ag ràdh gu bheil/nach eil iad airson rud a dhèanamh.
- A bheil thu gan tuigsinn?

Listen to these people. (Earrann 1) They are saying that they would/would not like to do things. Can you understand them? Discuss what you hear with your teacher.



3. Tha mise airson obair fhaighinn

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Tha an ceathramh bliadhna ann an clas Eòlas Pearsanta is Sòisealta.
- Tha iad a' bruidhinn ris an tidsear mu dè nì iad an uair a dh'fhàgas iad an sgoil.
- Dè tha iad airson a dhèanamh?
- A bheil iad airson a dhol gu colaiste no oilthigh no a bheil iad airson obair fhaighinn?
- Còpaig an clàr agus cuir ✓ anns a' cholbh cheart.

Listen to these 4th year pupils talking to their teacher about what they would like to do when they leave school. Would they like to go to college or university or get a job? Copy the table and put a ✓ in the correct column for each person.

Ainm	Colaiste	Oilthigh	Obair
a. Susie			
b. Alexander			
c. John			
d. Christine			
e. Michael			
f. Mary Anne			



4. A bheil thu airson dannsadh?

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Dè tha na daoine ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Read the speech bubbles. What are the people saying? Write in English

a.

A bheil thu airson dannsadh?

b.

Chan eil Eilidh airson seinn aig a' chèilidh.

c.

Tha mi airson bruidhinn ri Màiri.

d.

Tha Sìne airson a bhith na tidsear.

e.

A bheil sibh airson a dhol dhan oilthigh?

f.

Tha mi airson suidhe sìos. Tha mi sgìth!

g.

Chan eil Daibhidh airson fuireach ann an Alba.

h.

A bheil thu airson obair fhaighinn ann an ospadal?



5. Tha mi airson cùrsa a dhèanamh ann am Bith-Eòlas

- Coimhead air na dealbhan.
- Dè tha gach duine airson a dhèanamh nuair a dh'fhàgas iad an sgoil?
- Leugh na seantansan Gàidhlig.
- Cuir an t-ainm ceart anns gach beàrn.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla cuideachd.

Look at the pictures. Each person is thinking about what they would like to do when they leave school. Read the Gaelic sentences about each person. Who is each one about? Copy the sentences and fill each blank with the correct name.



Coinneach



Donalda



Mòrag



Màrtainn



Seumas

1. Tha _____ airson obair fhaighinn còmhla ri clann.
2. Nuair a dh'fhàgas e an sgoil, tha _____ airson a dhol dhan cholaiste. Tha e ag iarraidh a bhith na thidsear Spòrs.
3. Tha ùidh mhòr aig _____ ann an càraichean. Tha e a airson a bhith na mheacanaig.
4. Tha ùidh mhòr aig _____ ann an Saidheans. Tha i airson cùrsa a dhèanamh ann am Bith-eòlas san oilthigh.
5. Tha _____ uabhasach measail air rugbaidh, agus tha e fìor mhath air cuideachd. Tha e airson a bhith na chluicheadair do dh'Alba.

Tha mi airson...

To find out if someone would like to do something, you ask:

A bheil thu airson...?

...a bhith nad dhotair

...obair fhaighinn

...a dhol dhan oilthigh

...falbh air saor-làithean

...fuireach ann am baile mòr

Would you like...?

to be a doctor

to get a job

to go to university

to go away on holiday

to live in a city

To say what you would/wouldn't like to do, you say:

Tha/Chan eil mi airson...

...a bhith nam dhotair.

...obair fhaighinn.

...a dhol dhan oilthigh.

I would/wouldn't like...

to be a doctor.

to get a job.

to go to university.



Ceum eile

When people are talking about what they would like, they might use the phrase:

Bu toigh leam...

I would like...

You can use this instead of 'Tha mi airson...'



6. Colaiste, oilthigh no obair?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Faigh a-mach dè tha daoine airson a dhèanamh nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.
- A bheil iad airson a dhol gu colaiste no oilthigh, no a bheil iad airson obair fhaighinn?
- Sgrìobh, no clàr, na freagairtean a gheibh thu.

Do a survey of your classmates. What would they like to do when they leave school? Find out if they would like to go to college or university or whether they would like to get a job. You may either write or record peoples' answers. You could make a survey form like the one below.

Ainm	colaiste	oilthigh	obair
Sharon	✓		
Lydia			✓
Tariq		✓	



7a. Tha mi airson a bhith nam neach-lagha

- Coimhead air na dealbhan.
- Leugh am fiosrachadh.
- Cuir an dealbh cheart ri gach duine.

Read about these peoples' plans for when they leave school. According to the information given, match each picture with the correct person.

a.



b.



c.



d.



Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi airson obair fhaighinn.

Tha mi an-dràsta air a' cheathramh bliadhna anns an Àrd-sgoil agus bidh mi a' fàgail anns an Ògmhios am-bliadhna.

Chan eil mi uabhasach measail air an sgoil, ach tha mi math air Teicneòlas agus Matamataig.

Tha mi airson a bhith nam shaor. Tha m'athair na shaor agus gheibh mi obair còmhla ris.

Daibhidh, 15, Inbhir Nis

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil am-bliadhna, tha mi airson a dhol dhan cholaiste ann an Dùn Dè. Bu toigh leam cùrsa còcaireachd a dhèanamh.

Chan eil mi cho measail air an sgoil, ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi math air Eaconamas Dachaigh. Tha mi ga dhèanamh aig Àrd Ìre an-dràsta.

Air an deireadh-sheachdain bidh mi ag obair ann an cidsin ann an taigh-bidh. Tha e uabhasach trang ach tha e a' còrdadh rium gu mòr.

Nuair a bhios mi deiseil anns a' cholaiste, tha mi airson obair fhaighinn ann an taigh-bidh anns an Fhraing airson bliadhna.

Tormod, 17, Dùn Dè

Nuair a dh'fhàgas mise an sgoil an-ath-bhliadhna, tha mi airson a bhith nam neach-lagha.

Feumaidh mi a dhol dhan oilthigh. Bu toigh leam a dhol a Ghlaschu no a Dhùn Èideann.

Am-bliadhna tha mi a' dèanamh còig cuspairean aig Àrd Ìre — Beurla, Matamataig, Nuadh-eòlas, Eachdraidh agus Coimpiutaireachd.

Tha an sgoil a' còrdadh rium agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi dìcheallach.

Nuair a dh'fhàgas mi an t-oilthigh, tha mi airson obair fhaighinn ann an companaidh lagha mhòr ann an Glaschu.

Iseabail, 16, Leòdhas

Tha mi airson a bhith nam thuathanach. Tha tuathanas aig mo sheanair ann am Peairt agus bidh mi ga chuideachadh anns na saor-làithean.

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil am-bliadhna, thèid mi sìos a Pheairt. Fuirichidh mi còmhla ri mo sheanair agus mo sheanmhair.

Gheibh mi crodh agus caoraich agus 's dòcha cearcan. Tha e a' còrdadh rium a bhith a-muigh agus a bhith ag obair còmhla ri beathaichean.

Sìne, 16, Geàrrloch



Leugh

7b Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil am-bliadhna...

- Leugh am fiosrachadh ann an Eacarsaich 7a a-rithist.
- Còpaig an clàr gu h-ìosal.
- Cuir ✓ anns na bogsaichean ceart.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Read the passages in 7a again. Copy the table below. Tick which people each statement applies to.

Note! Some statements may apply to more than one person. The first one has been done for you.

Iseabail	Daibhidh	Tormod	Sìne	Fiosrachadh
✓		✓		plans to go to college or university.
				enjoys school.
				is not too fond of school.
				would like to work in a city.
				will be working in the countryside.
				will be sitting Highers this year.
				will work with/for a family member.
				has a part time job just now.
				will be leaving school this year.
				must move away from home for job/studies.



8a. Nuair a dh'fhàgas mise an sgoil...

- Dè tha thu fhèin airson a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil?
- Sgrìobh beagan sheantansan ann an Gàidhlig.
- Cuir nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh ann.
- Tòisich le: 'Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi airson...'
- Coimhead air ais air eacarsaichean a rinn thu anns an aonad seo airson cuideachadh.

What would you like to do when you leave school? Write a few sentences about what you plan to do. Begin your first sentence with '**Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi airson...**' Give as much information as you can. Look back over previous tasks in this unit to help you.



8b. Tha mi airson obair fhaighinn...

- Dè an obair a chòrdadh riut nuair a dh'fhàgas tu an sgoil/a' cholaiste/an t-oilthigh?
- Airson cuideachadh, coimhead air ais air eacarsaich 7a agus air na sgrìobh thu ann an eacarsaich 8a.
- Inns dhan tidsear/ dhan chlas beagan mun obair a thagh thu agus carson a tha thu ag iarraidh sin a dhèanamh.
- Faodaidh an tidsear/clas ceistean fhaighneachd dhut mun obair a thagh thu.

What job would you like to have after leaving school/college/university? Why have you chosen this job? Look back at the information you read in exercise 7a and also what you wrote in exercise 8a. Tell your teacher/class about your chosen job. Answer any questions you are asked.



9a. Mìcheal a' lorg Obair 1

- Leugh an earrann 'Mìcheal a' lorg Obair'.
- Coimhead air a' foirm.
- Cleachd fiosrachadh Mhìcheil airson am foirm a lìonadh ann am Beurla.

Michael is at the Job Centre enquiring about work. Read the passage 'Mìcheal a' lorg Obair'. Look at the form from the Job Centre. Fill in Michael's information in English.

Mìcheal a' lorg Obair

Tha Mìcheal MacAoidh sia-deug. Dh'fhàg e an sgoil agus tha e gun obair.

Chan eil e cinnteach dè an obair a tha e ag iarraidh agus chaidh e dhan Ionad-obrach. Bhruidhinn e ri rùnaire...

"Feasgar math," thuirt Mìcheal.

"Feasgar math," thuirt an rùnaire. "Dè nì mi dhut?"

"Tha mi airson obair fhaighinn," fhreagair Mìcheal.

"Ceart. Suidh sìos agus cuir dhìot do sheacaid," thuirt an rùnaire.

Shuidh Mìcheal sìos agus chuir e dheth a sheacaid.

"A-nis. Dè an t-ainm a th'ort?" dh'fhaighnich an rùnaire.

"Mìcheal MacAoidh," fhreagair Mìcheal. Sgrìobh an rùnaire sìos ainm.

"Cò às a tha thu, a Mhìcheil, agus càit a bheil thu a' fuireach?"

"'S ann à Glaschu a tha mi, ach tha mi a' fuireach ann an Steòrnabhagh a-nis, aig Seachd Rathad na h-Eaglaise. Tha mo phiuthar ag obair an seo. 'S e nurs a th' innte agus tha mi a' fuireach còmhla rithe an-dràsta."

"Dè an aois a tha thu, a Mhìcheil?" dh'fhaighnich an rùnaire.

"Tha mi sia-deug. Bidh mi seachd-deug a dh'aithghearr. Tha mo chò-là-breith ann air an dàrna latha den Dàmhair," thuirt Mìcheal.

"Ceart. Sia-deug." Bha an rùnaire trang a' sgrìobhadh.

"Agus dè rinn thu anns an sgoil?" dh'fhaighnich i.

"Rinn mi Beurla, Matamataig, Gàidhlig, Teicneòlas, Ceimigeachd agus Cruinn-eòlas," thuirt Mìcheal.

"A bheil obair gu leòr ann an Steòrnabhagh?" dh'fhaighnich e.

Choimhead an rùnaire suas: "Uill... chan eil — ach chì sinn. Dè an obair a tha thu ag iarraidh?"

"Chan eil mi cinnteach. Nì mi obair sam bith," thuirt Mìcheal.

"Ceart. Bheir mi sùil. Seo foirm. Sgrìobh d' ainm agus freagair na ceistean. Fuirich an seo agus bidh mi air ais a dh'aithghearr."

Sheas an rùnaire agus chaidh i a-mach. Choimhead Mìcheal air a' foirm. Ceistean, ceistean, ceistean! Cha robh e ag iarraidh sgrìobhadh. Bha e ag iarraidh obair!

WESTERN ISLES EMPLOYMENT SERVICE

Client Information (school leavers)

Name: _____
 Address: _____
 Date of birth: _____
 Age: _____
 Place of birth: _____
 Subjects studied: _____

 Type of employment sought: _____

Other Information

Do you have a Driving Licence?	Yes	<input type="checkbox"/>	No	<input type="checkbox"/>
A bheil Gàidhlig agad?	Tha	<input type="checkbox"/>	Chan eil	<input type="checkbox"/>
An urrainn dhut leughadh agus	Is urrainn	<input type="checkbox"/>		
sgrìobhadh ann an Gàidhlig?	Chan urrainn	<input type="checkbox"/>		



9b. Micheal a' lorg Obair 2

- Leugh an earrann 'Micheal a' lorg Obair' a-rithist agus freagair na ceistean.

Read the passage '**Micheal a' lorg Obair**' again. Answer the questions.

- Who is Michael living with in Stornoway?
 - What information is given about this person?
- What 2 things does the secretary tell Michael to do first?
- What are the 2nd and 3rd questions the secretary asks him?
- Michael asks the secretary, if there are plenty of jobs in Stornoway. Find this question in the text. Copy the Gaelic & English.
 - What is the secretary's answer to his question?
- The secretary hands Michael a form. What does she tell him to do?
 - When does she say she will be back?
- Copy and translate the last 2 lines of the passage from "Sheas an rùnaire ... ag iarraidh obair!"
- Find the following words/phrases in Gaelic in the passage. Copy them and write the English beside them.

a. unemployed	e. The secretary asked
b. Job centre	f. any job
c. What can I do for you?	g. I'll take a look
d. Michael answered	h. Wait here



10. Am biodh ùidh agad ann an club-dràma?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Tha Maighstir Caimbeul airson club-dràma a ruith anns an sgoil.
- Tha e a' bruidhinn ris a' cheathramh bliadhna mu dheidhinn.
- Am biodh ùidh aig na sgoilearan anns a' chlub?
- Èist airson cànan ùr.

Mr Campbell is thinking about setting up an after-school drama club. Listen to him asking some of his fourth years if they would be interested in the club. Listen out for new vocabulary.




11. Cha bhiodh ùidh agam ann an tàileasg

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4)
- Tha Ailean a' dèanamh rannsachadh.
- Tha e a' bruidhinn ri Pòl mu dheidhinn clubaichean sgoile.
- Cuir ✓ ri taobh nan rudan anns am biodh ùidh aig Pòl.

Alan is on the pupil council in his school. He is carrying out a survey to find out what after school activities people would be interested in. Listen to him talking to Paul, a fourth year boy. Copy the table and mark each activity with either a ✓ or a ✗ to show Paul's interest.




Club/cur-seachad	Bhiodh (✓)/Cha bhiodh (✗) ùidh aig Pòl ann
a.	
b.	
c.	
d.	
e.	
f.	
g.	
h.	



ceum cànan:
language step

Bhiodh sin math!

If you want to talk about things that **would** happen, the conditional tense of the verb 'To be' will be extremely useful. It's very easy to learn and use.



Mar eisimpleir:

Bhiodh ùidh agam ann an cùrsa còcaireachd. I would be interested in a cookery course.

Cha bhiodh ùidh agam ann an cùrsa ealain. I wouldn't be interested in an art course.

Am biodh ùidh agad ann an cùrsa coimpiutaireachd?

Would you be interested in a computing course?

To answer simply **'Yes'**, to a question beginning with Am biodh...? you say **Bhitheadh**.

To answer simply **'No'**, you say **Cha bhitheadh**.



12. Bhiodh ùidh agam ann an club-obair-dachaigh

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Leugh a-mach an còmhradh còmhla.
- Dèan an obair leat fhèin.

With a partner, read Helen and Isobel's conversation aloud. Help each other with pronunciation and understanding. Complete the questions on your own.

Tha Iseabail, agus a caraaid, Eilidh, a' coiseachd dhachaigh às an sgoil.

Tha iad a' bruidhinn mun spòrs agus cur-seachadan a nì iad às dèidh na sgoile.

Isobel and her friend Helen are walking home after school. They are discussing their after school/ weekend activities options. Helen is interested in doing a lot of things but Isobel is wondering where she will find the time to do any of them!

Eilidh: Dè tha thu a' dol a dhèanamh, Iseabail?

Iseabail: Chan eil mi cinnteach.

Eilidh: Am biodh ùidh agad ann am marcachd?

Iseabail: Bhitheadh, ach tha mi uabhasach trang le obair-dachaigh.

Eilidh: Tha club-dràma ann cuideachd. Bhiodh sin math, nach bitheadh?

Iseabail: Bhitheadh ach...

Eilidh: Ò, agus dè mu dheidhinn teanas no canùthadh? Tha ruith, hocaidd, coiseachd-monaidd, còisir, agus...

Iseabail: Eilidh! Tha tòrr obair-dachaigh agam. Tha mi a' dèanamh còig cuspairean aig Àrd Ìre am-bliadhna. Tha, agus thusa cuideachd!

Eilidh: Siuthad! Tha beagan spòrs math dhut. Chan urrainn dhut a bhith a' fuireach a-staigh a' dèanamh obair-dachaigh a h-uile latha.

Isobel gives in...

Iseabail: Ceart gu leòr. Cuin a tha marcachd ann?

Eilidh: Tha a h-uile feasgar Dimàirt eadar ceithir agus còig uairean.

Iseabail: Glè mhath. Nì mi sin.

Eilidh: Bidh mise a' dol gu canùthadh cuideachd. Tha sin ann a h-uile feasgar Dihaoine. Am biodh ùidh agad ann an canùthadh?

Iseabail: Cha bhitheadh.

Eilidh: Carson?

Iseabail: Airson chan urrainn dhomh snàmh, Eilidh.

Eilidh: Ò. Ceart.

Helen is going to be very busy!

Eilidh: Uill, tha mise a' dol gu club-ruith Diluain, marcachd Dimàirt, canùthadh Dihaoine agus coiseachd-monaidd Disathairne. Is toigh leam a bhith a-muigh.


Iseabail: A bheil club-obair-dachaigh air an liosta? Bhiodh ùidh agam ann an club-obair-dachaigh.

Helen is frustrated with Isobel's lack of enthusiasm for anything other than studying...

Eilidh: Obair, obair, obair! Chan eil ùidh agad ann an sion eile, Iseabail! Chan eil mise gad thuigsinn.

Iseabail: Tha mi airson a dhol dhan oilthigh nuair a dh'fhàgas mi an sgoil am-bliadhna. Tha mi airson a bhith nam dhotair. Feumaidh mi a bhith dìcheallach. A bheil thu gam thuigsinn a-nis?

Eilidh: Tha. Tha thu ceart. Tha mi duilich.



Ceistean

1. What is the first question that Helen asks Isobel?
2. a) How many Highers is Isobel doing this year?
b) How many is Helen doing?
3. a) What activity does Isobel agree to do?
b) When is this activity on?
4. Why is Isobel not interested in canoeing?
5. a) Make a list of the activities that Helen plans to do.
b) On which days are these activities offered?
6. a) When is Isobel leaving school?
b) What does she plan to do when she leaves?
7. What other club does Isobel say she would be interested in?
8. Find the following phrases in Gaelic in the text.
 - i. I'm not sure
 - ii. every day
 - iii. I don't understand you
 - iv. I can't swim
 - v. I like being outside
 - vi. I want to be a doctor
 - vii. That would be good
 - viii. Go on!
 - ix. Ok
 - x. I would be interested in a homework club.



Bruidhinn



Sgrìobh

13a. Spòrs is cur-seachadan 1

- Obraichibh mar chlas.
- Dè an spòrs agus na cur-seachadan as aithne dhut ann an Gàidhlig?
- Sgrìobhaidh an tidsear na faclan agaibh air a' bhòrd-gheal.
- Sgrìobh na faclan a tha ùr dhut nad leabhar-sgrìobhaidh.

Brainstorm with your class. Think of as many sports and activities as you can in Gaelic. Your teacher will put everyone's suggestions on the board. Copy any new words into your jotter.



13b. Spòrs is cur-seachadan 2

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air an liosta de spòrs agus cur-seachadan a rinn an clas aig Eacarsaich 13a.
- Am biodh ùidh agad ann an gin dhiubh?
- Dè an fheadhainn agus carson?
- Bruidhinn ri do charaid mun deidhinn.

Look back at all the sports and activities you listed on the whiteboard for Exercise 13a. Talk to your partner about what you would and would not be interested in. Find out about their interests too. You should also ask them why they would/wouldn't be interested in certain things.

Ceum eile

Bhithinn toilichte sin a dhèanamh!

When you are talking about what people would do, you use **bhiodh** and **cha bhiodh**, followed by whoever and whatever it is you are talking about.

Mar eisimpleir:

Bhiodh i math air an obair. She would be good at the job.

Cha bhiodh e toilichte a bhith ag obair ann am factaraidh.

He wouldn't be happy working in a factory.

But!

When you talk about what you would or wouldn't do, you should use:

Bhithinn... I would... or **Cha bhithinn...** I wouldn't...

Notice that you don't need to use the word '**mi**'. It is already contained within the word '**bhithinn**'.

Mar eisimpleir:

Bhithinn math air an obair.

I would be good at the job.

Cha bhithinn toilichte a bhith ag obair ann am bùth.

I wouldn't be happy working in a shop.

Bhithinn a' fuireach ann an taigh-òsta mòr spaideil.

I would stay in a big fancy hotel.

Cha bhithinn airson fuireach ann an Dùn Èideann.

I wouldn't want to stay in Edinburgh.



14. Bhiodh Gàidhlig feumail!

- Bruidhinn ann am buidheann/mar chlas.
- Nad bheachd, dè na h-obraichean a th'ann far am biodh Gàidhlig feumail?
- Carson?

Work in a group or as a class. What careers do you think Gaelic would be useful for? Why? Discuss your thoughts as a class. You may wish to visit your Careers Library/Advisor or speak to a member of PSE staff for advice.



15. Obraichean Gàidhlig

- Coimhead airson sanasan airson obraichean Gàidhlig ann am pàipear-naidheachd no air an eadar-lìon.
- Dè na h-obraichean a lorg thu?
- Dè dh'fheumas tu airson nan obraichean? (teisteanasan, sgilean agus mar sin air adhart)
- Am biodh ùidh agad fhèin ann an gin de na h-obraichean sin? Carson?
- Bruidhinn mu na fhuair thu a-mach/mu do bheachdan còmhla ris a' chlas.

Search for some Gaelic job adverts in a newspaper or on the internet.

What jobs are being advertised?

What skills/qualities/qualifications do you need for these jobs?

Do you think you would enjoy doing one of these jobs? If so, which one(s) and why?

Discuss your findings and your opinions with the class.



Bhiodh ùidh agam anns an
obair seo agus bhithinn math
air cudeachd!



16. Sanas-obrach

- Leugh an sanas-obrach.
- Bruidhinn ri do charaid mu dheidhinn.
- Cuiridh an tidsear agad ceistean ort mun t-sanas.
- Am biodh an obair seo a' còrdadh riut?
- Dè an seòrsa prògram a dhèanadh tusa?
- Carson a bhiodh tusa math air an obair?

Read the job advert. Discuss with your partner what the advert is for. Make sure you both understand the main points of information in the advert. Your teacher may ask you some questions about it. Do you think you would be interested in the job? If so, what sort of programme would you make? Why would you be good at it?

Rèidio na Locha Craoladairean Rèidio

**Am biodh obair air an rèidio a' còrdadh riut?
An toigh leat ceòl, còmhraidh agus fealla-dhà?**

Tha sinn a' lorg dheugairean a nì am prògram rèidio aca fhèin a h-uile Disathairne.

Anns gach prògram bidh:

ceòl, spòrs, fealla-dhà, sìde, naidheachdan agus eile

- Feumaidh tu a bhith sia-deug
- Feumaidh tu a bhith math air bruidhinn
- Bhiodh Gàidhlig feumail anns an obair seo!
- Tuarastal £50 gach prògram
- Tòisichidh na prògraman an-ath-mhìos.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir
post-d gu s.mhàrtainn@rèidionalocha.co.uk

ro Dhihaoine 25 an Gearran.



17. Ceumannan gu Cosnadh

- Coimhead air an eadar-lìon.
- Dèan rannsachadh airson faighinn a-mach dè an seòrsa obrach a bhiodh freagarrach dhut.
- Seallaidh an tidsear agad làrach-lìn fheumail dhut.
- Faigh a-mach mun obair.
- Mura bheil an t-eadar-lìon agad, cleachd an leabharlann.

Do some research on the internet to find out about a career you are interested in. If you are unsure about what sort of job you would like, try to find out what career would be suited to your skills and interests. Your teacher will show you a helpful careers' website or, if you don't have internet access, try looking in your school's careers' library and speaking to your careers' adviser for some advice.



18. Cunntas-beatha

- Tha thu a' cur a-steach airson na h-obrach a b' fheàrr leat.
- Sgrìobh cunntas-beatha.
- Coimhead air an eisimpleir de chunntas-beatha airson do chuideachadh.
- Cleachd am fiosrachadh a rannsaich thu ann an Eacarsaich 17 cuideachd.

Imagine you are applying for your desired job. Create your own CV. Use the information you researched about careers in Exercise 17. You might find the example CV below helpful.

Cunntas-beatha

Ainm:

Murchadh Iain MacAoidh

Seòladh

3 Rathad na Pàirce, An Gearasdan

Là-breith:

12 an Cèitean

Post-dealain:

murchadhiain@hotmail.com

Aois:

Seachd-deug

Àireamh fòn:

07788 466 527

Foghlam:

- Tha mi air a' chòigeamh bliadhna ann an Àrd-sgoil Loch Abar.
- Am-bliadhna tha mi a' dèanamh Beurla, Gàidhlig, Matamataig, Ceòl, Cruinn-eòlas, Creideamh agus Nuadh-eòlas. Tha mi uabhasach dicheallach anns an sgoil. Tha mi math air a h-uile cuspair ach 's fheàrr leam Ceòl, Creideamh agus Gàidhlig. Nì mi còig cuspairean aig Àrd Ìre an-ath-bhliadhna.

Sgilean pearsanta

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi foighidneach, coibhneil agus tuigseach. Tha mi math le daoine agus le clann. Is toigh leam a bhith a' cuideachadh dhaoine.

Obair:

- Bidh mi ag obair ann am bùth-ciùil a h-uile Diasthairne.
- Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi airson a dhol dhan oilthigh.
- Bu toigh leam a bhith nam mhinistear.
- Bhiodh e a' còrdadh rium a bhith a' fuireach agus ag obair thall thairis.

Cur-seachadan

- Bidh mi a' cluich a' bhogsa agus a' seinn.
- Tha iasgach, sgitheadh, leughadh, tàileasg agus còcaireachd a' còrdadh rium gu mòr. Bidh mi a' dol gu club-òigridh anns an eaglais a h-uile Dihaoine.

Teistiche:

A'Bhean-ualas F. Chaimbeul, Ceannard Àrd-sgoil Loch Abar



19. Measadh labhairt

- Tha thu a' dol a bhruidhinn ris an tidsear/ a' chlas agad mu dè nì thu nuair a dh'fhàgas tu an sgoil.
- Dè an obair a bhiodh a' còrdadh riut?
- Dè na teisteanasan agus sgilean a dh'fheumas tu?
- Càit am biodh tu ag iarraidh fuireach?
- Feuch gun cleachd thu measgachadh math de chànan.
- Bidh thu a' bruidhinn airson eadar dhà no trì mhionaidean

You are going to talk to your teacher or class about what you plan to do when you leave school.

Give information about:

What job you would like to do and what qualifications and skills you need. As well as talking about your career choices, you might also want to give information about other aspirations you may have for your future. For example: Would you like travel the world, get married, have children, learn a new language? Try to use a good range of vocabulary.

You should aim to talk for between 2 and 3 minutes. Practise with a partner a few times before your assessment.

To help you, you can use:

1. Your careers research from Exercise 17.
2. Your CV.
3. The job information you prepared and spoke about in exercises 25 and 26 in **Modal 2 Aonad 1**.
4. The Faclair.
5. Some visual aids like photos or powerpoint slides (these can prompt you and will also make your information more interesting).

Agus dè nì thu aig a' cholaiste?

Bu toigh leam cùrsa dràma a dhèanamh oir tha mi airson a bhith nam chleasaiche. Bhiodh e math fuireach ann an Hollywood! Bhithinn a' fuireach ann an taigh mòr spaideil.



Tha thu deiseil de Mhodal 2 Aonad 2

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



'S urrainn dhomh/I can:

Ask someone if they would like to do something

☐

Say that I would/would not like to do something

☐

Ask if someone would be interested in something

☐

Say that I would/would not be interested in something

☐

Talk about what I plan to do when I leave school

☐

Faclan is abairtean

***female*

A' bruidhinn mu phlanaichean

A bheil thu airson...?
 A bheil thu airson a bhith nad...?
 A bheil thu airson a dhol dhan oilthigh?
 Am biodh...?
 Am biodh ùidh agad ann an...?
 Am biodh... a' còrdadh riut?
 Bhithheadh
 Bhiodh ... math
 Bhiodh Gàidhlig feumail
 Bhiodh ùidh agam ann an...
 Bhiodh ùidh agam ann an obair le Gàidhlig
 Bhiodh...a' còrdadh rium
 Bhithinn
 Bhithinn freagarrach airson na h-obrach
 Bhithinn math air an obair
 Bu toigh leam
 Cha bhithheadh
 Cha bhiodh ùidh agam ann an...
 Cha bhiodh...a' còrdadh rium
 Cha bhithinn
 Cha bhithinn airson fuireach ann an Dùn Èideann
 Chan eil mi airson...
 Chan eil mi airson a bhith nam dhotair
 Chan eil mi airson a dhol dhan cholaiste
 Chan eil mi cinnteach
 Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil
 Tha mi airson...
 Tha mi airson cùrsa còcaireachd a dhèanamh
 Tha mi airson fuireach ann an Glaschu
 Tha mi airson obair fhaighinn
 Tha mi an dòchas

Talking about plans

Do you want to...?/Would you like to...?
 Would you like to be a...?
 Would you like to go to university?
 Would...?
 Would you be interested in...?
 Would you enjoy...?
 'Yes' (in answer to a question beginning 'Am biodh?')
 ...would be good
 Gaelic would be useful
 I would be interested in...
 I would be interested in a job with Gaelic
 I would enjoy...
 I would
 I would be suitable for the job
 I would be good at the job
 I would like
 'No' (in answer to a question beginning 'Am biodh?')
 I wouldn't be interested in...
 I wouldn't enjoy...
 I would not
 I wouldn't want to live in Edinburgh
 I don't want to.../I wouldn't like to...
 I don't want to be a doctor
 I don't want to go to university
 I'm not sure
 When I leave school
 I want to.../I would like to...
 I want to do a cookery course
 I want to live in Glasgow
 I want to get a job
 I hope

Eile

a' cuideachadh dhaoine
 a' lorg
 a-null thairis
 a rèir
 Bàgh a' Chaisteil
 club-tàileisg, an club-tàileisg (m)
 colaiste, a' cholaiste (f)
 còmhla ris
 còmhla rithe
 companaidh lagha, a' chompanaidh lagha (f)
 cùrsa, an cùrsa (m)
 cùrsa còcaireachd, an cùrsa còcaireachd (m)
 cùrsa coimpiutaireachd, an cùrsa coimpiutaireachd (m)
 cùrsa colaiste, an cùrsa colaiste
 cùrsa ealain, an cùrsa ealain (m)
 craoladairean, na craoladairean
 dachaigh-cùraim, an dachaigh-cùraim (m)
 Dè nì mi dhut?
 fealla-dhà, an fhealla-dhà (f)
 foghlam
 ga chuideachadh
 gach
 gu leòr
 MacAmhlaigh/NicAmhlaigh**
 naidheachdan, na naidheachdan
 obair sam bith
 oilthigh, an t-oilthigh (m)
 sam bith
 sìon eile
 tàileasg
 teistiche, an teistiche (m)
 thall thairis
 tòrr obrach
 tuathanas, an tuathanas (an)
 uair sam bith

Other

helping people
 looking for
 (going) abroad
 according to
 Castlebay
 chess club, the chess club
 college, the college
 with him
 with her
 law firm, the law firm
 course, the course
 a cookery course, the cookery course
 a computing course, the computing course
 a college course, the college course
 an art course, the art course
 broadcasters, the broadcasters
 a care home, the care home
 What can I do for you?
 fun/laughs, the fun/laughs
 education
 helping him
 each/every
 plenty/enough
 MacAulay
 news, the news
 any job
 university, the university
 any
 anything else
 chess
 referee, the referee
 abroad
 lots of work
 farm, the farm
 ever/any time



Sùil air ais 1. Tha mi airson a dhol a-mach a-nochd

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 5)
- Tha iad ag ràdh gu bheil iad airson diofar rudan a dhèanamh.
- Dè tha iad airson a dhèanamh?
- Leugh na seantansan Beurla.
- Sgrìobh ceart no ceàrr airson gach fear dhiubh.

Listen to these people talking about their plans. What would they like to do?
Read the English statements below. Write either **ceart** or **ceàrr** for each one.

- Anna would like to go to college.
- Iain would like to be a plumber
- George wouldn't like to go Spain on holiday.
- Lynsey would like to play hockey.
- Jane would like to go out tonight.
- Finlay would like to live in the country when he is older.

Sùil air ais 2. Bhiodh ùidh agam ann an clasaichean dannsa

- Leugh am fiosrachadh.
- Freagair na ceistean.

Read the information on the school activity form below. Answer the questions.

Ainm: A. NicPhàrlain	Bliadhna: An treas bliadhna	
Am biodh ùidh agad ann an...?	Bhitheadh	Cha bhitheadh
Club-film		✓
Club-obair-dachaigh	✓	
Luth-chleasan	✓	
Club-tàileisg		✓
Còisir Ghàidhlig	✓	
Club-snàmh		✓
Club-dràma	✓	
Iomain		✓
Beachdan eile: Bhiodh ùidh agam ann an clasaichean dannsa agus club-ball-coise cuideachd.		

- Is this pupil a boy or a girl? Give a reason for your answer.
- What year is s/he in?
- Make a list of the activities in English this pupil
 - would be interested in.
 - would not be interested in.
- What has this pupil written in the comment box at the bottom of the form?



Sùil air ais 3. Bhiodh ùidh agam...

- Dè na clubaichean agus na cur-seachadan anns am biodh ùidh agad fhèin?
- Sgrìobh beagan sheantansan.

What activities would you be interested in doing at your school? Write a few sentences saying what you would be interested in. These need not be activities that are actually offered at your school. Begin your answer with 'Bhiodh ùidh agam...'



Sùil air ais 4. Dè nì iad?

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Tha an clas a' bruidhinn mu na planaichean aca.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Read the speech bubbles. The 4th year are discussing careers and future plans. Here are some of their opinions. Copy the Gaelic and write the English. The first one has been done for you.

1.
Bhiodh ùidh
agam ann an
obair le Gàidhlig.

I would be interested in a job with Gaelic.

2.
Tha mise airson fuireach
thall thairis - 's dòcha
anns a' Ghrèig.

3.
Cha bhiodh
cùrsa-colaiste
a' còrdadh rium.

4.
Am biodh tu airson
fuirich anns a' bhaile
mhòr?

5.
Thèid mi a dh' Obar
Dheathain, ma gheibh
mi obair ann.

6.
Bhiodh Gàidhlig feumail
anns an obair sin.

7.
Bhiodh an
tuarastal glè
mhath.

8.
Chan eil mi
cinnteach dè
nì mi.

9.
Gheibh mi obair ann
am bùth - tha mi an
dòchas.

10.
Tha mi airson cùrsa
matamataig a dhèanamh.

11.
A bheil thu airson a dhol
dhan oitthigh?



Sùil air ais 5. Flòraidh NicAmhlaigh

- Leugh an earrann.
- Tha Flòraidh ag innse mu dè nì i nuair a dh'fhàgas i an sgoil.
- Cuir crìoch air a' gheàrr-chunntas.

Read the passage Flora is talking about what she plans to do when she leaves school.
Complete the summary.

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil...

Is mise Flòraidh NicAmhlaigh agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil an Òbain. Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi ag iarraidh a bhith nam nùrs.

Tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail air a' chòigeamh bliadhna agus theid mi dhan oilthigh ann an Glaschu no Dùn Èideann – tha mi an dòchas.

Feumaidh mi ceithir cuspairean aig Àrd Ìre B airson faighinn a-steach dhan chùrsa.

Anns an sgoil an-ath-bhliadhna bidh mi a' dèanamh Bith-eòlas, Ceimigeachd, Beurla, Gàidhlig agus Matamataig aig Àrd Ìre. 'S e Bith-eòlas an cuspair as fheàrr leam ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil Ceimigeachd caran furasta.

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad nùrs, feumaidh tu a bhith tuigseach, coibhneil, foighidneach agus math le daoine. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mise coltach ri sin. Chan eil an tuarastal uabhasach math ach bhiodh an obair a' còrdadh rium.

An-dràsta, bidh mi ag obair ann an dachaigh-cùraim air an deireadh-sheachdain agus tha e a' còrdadh rium gu mòr.

Nuair a bhios mi deiseil aig an oilthigh, bu toigh leam a dhol a-null thairis airson bliadhna - 's dòcha a dh'Astràilia. Bhiodh e math obair fhaighinn ann an ospadal no clionaig bheag air an dùthaich.

Nuair a thig mi dhachaigh a dh'Alba, tha mi airson obair fhaighinn ann an ospadal mòr ann an Glaschu.

Bhiodh e math fuireach ann am baile mòr. Nuair a bhios airgead gu leòr agam, gheibh mi taigh snog agus ceannaichidh mi càr beag cuideachd.

Nuair a bhios mi mu thrithhead, tha mi airson pòsadh agus tha mi an dòchas gum bi clann agam.

dachaigh-cùraim
tha mi airson pòsadh

a care home
I would like to get married

____ 1 ____ ____ 2 ____ is on ____ 3 ____ year at ____ 4 ____ High School. She intends to leave school on ____ 5 ____ year and train to be a ____ 6 _____. She hopes to go to ____ 7 ____ in Glasgow or ____ 8 _____. She needs to get ____ 9 ____ ____ 10 ____ at grade B to get into the course.

Next year she will be taking Higher Maths, English, ____ 11 _____, ____ 12 ____ and Gaelic.

Her favourite subject is ____ 13 ____ but she thinks that Chemistry is quite ____ 14 _____.

For this job, she says that you have to be understanding, ____ 15 _____, ____ 16 _____ and good with people. She thinks she would enjoy the job even though the ____ 17 _____ is not very good.

She works every ____ 18 _____ in a care home and enjoys it very much.

When she has finished her training, she would like to work abroad for ____ 19 _____. She says it would be good to work in a ____ 20 _____ or small ____ 21 _____ out in the country.

When she returns to Scotland, she would like to live and work in ____ 22 _____. When she has enough money she will get a nice ____ 23 _____ and a ____ 24 _____ ____ 25 _____ too.

When Flora is about ____ 26 _____ years old, she would like to ____ 27 _____ and hopes to have ____ 28 _____.





Cultar Adhaircean Mòra air a' Chrodh a tha fad às

- Èist ris an sgeulachd. (Earrann 6)
- Coimhead air na faclan fhad 's a tha thu ag èisteachd.
- Coimhead air na dealbhan airson do chuideachadh le tuigse.

Listen to the story. Follow the words as you are listening. Use the illustrations to aid your understanding of the story.

Adhaircean Mòra air a' Chrodh a tha fad às

(bho *Eadar Dà Sgeul* (Stòrlann) – sgeulachd à beul-aithris.
Ath-sgrìobhadh agus deasachadh le Murchadh MacLeòid)

Bha siud ann uaireigin gàirnealair òg agus dh'fhàs e uabhasach **mì-thoilichte**. Nis, cha robh adhbhar aige a bhith **mì-thoilichte**, 'S ann a bha còir aige a bhith làn **riaraichte**. Cha robh flùraichean no luibhean anns an dùthaich a bha cho math ris an fheadhainn aigesan agus an uair a bheireadh e dhan mhargaidh iad bhiodh e **daonnan** a' faighinn **deagh phrìs** orra. Cha robh bliadhna nach biodh e a' faighinn deagh dhuaisean air an son. Ach an dèidh sin 's na dhèidh, cha robh e idir **riaraichte** agus cha robh an obair aige idir a' còrdadh ris. "Chan eil mi ach a' tionndadh 's a ruamhar 's a' cur 's a' tionndadh 's a' ruamhar," thuirt e ris fhèin, "bliadhna an dèidh bliadhna. Chan eil sin gu feum sam bith dhòmhsa. Cha chreid mi nach toir mi mo chasan leam às an seo. Gheibh mi obair eile agus cha bhi mi a leth cho trang 's a tha mi."

Sin dìreach an rud a rinn e. Thug e às an latha sin fhèin agus dh'fhàg e an gàrradh an siud, an gàrradh brèagha far am biodh na h-eòin a' ceilearadh agus far am biodh srann aig na seilleanan. Ghabh e roimhe agus ghabh e roimhe gus mu dheireadh an tàinig e gu àite far an robh seann duine na shuidhe aig doras bothain agus e a' seinn na fìdhle. "Nach math an dòigh a th' agaibh," thuirt e ris a' bhodach, "air **cosnadh** a dhèanamh! Saoil an ionnsaich sibh dhomh fhìn port a thoirt às an fhidhill?"

"Is mise gu dearbh a nì sin," fhreagair am bodach, "ach cuimhnich thusa, a laochain, gum feum thu a bhith ag ionnsachadh fad uairean a thìde a h-uile latha air neo **cha tig an latha** a bhios tu math air an fhidhill."

Cha do chòrd seo idir ris an fhear òg. "Gu dearbh fhèin," thuirt esan, "tha siud cus nas miosa na bhith ag obair anns a' ghàrradh. 'S ann a dh'fheuchas mi rudeigin eile."



A-mach a ghabh e a-rithist, agus an ceann greise ràinig e baile mòr. Dè chunnaic e an sin ach sanas ann an uinneig bùtha ag iarraidh gille a bhiodh ag obair anns an **taigh-fhuine**. Fhuair e an obair agus **cha b'fhada** gus an do dh'ionnsaich e mar a dhèanadh e an t-aran. Ach b'è siud an **obair chruaidh**! Bha na gàirdeanan aige cho sgìth 's ged a bhiodh e fon phoca chlach **o mhoch gu dubh**, agus a h-uile uair a dhèanadh e airson stad agus anail a leigeil bha am bèicear ag èigheach **àird a chinn**. "Na stad idir, a bhalaich, na stad, air neo thèid an t-aran a **dholaidh**, agus bidh e **gun fheum**." Ann an ùine gun a bhith fada thuirt am fear òg ris fhèin nach b'è siud obair dhàsan idir agus a-mach a ghabh e a-rithist agus cha b'ann glè thoilichte.



An ceann greise thàinig e gu àite far an robh fear a bha a' cumail sheilleanan. "Chan fhaod e a bhith," thuirt an gille ris fhèin, "nach còrdadh e riumsa a bhith ag obair aig an duine seo; tha fios is cinnt gur e obair mhath a th' ann a bhith a' cumail sheilleanan agus a' reic **mil**." Bha fear nan seilleanan gu math deònach obair a thoirt dha. Thug e dha aodach a chuireadh e air aodann 's air a cheann agus miotagan airson dìon a chur air a làmhnan, agus sheall e dha mar a chruinnicheadh e a' mhill. Ach nach ann a thòisich na seilleanan ag èaladh a-steach fon aodach, agus tro na miotagan agus chuir iad **gath** ann **uair is uair**. **Thug esan a chasan leis** cho luath 's a ghabhadh, ag èigheach **àird a chinn**. "Till, till, thig air d' ais, thig air d' ais," bha fear nan seilleanan ag èigheach às a dhèidh, "'s fhada fhathast gu am bi sinn deiseil."

"Chan fhaic thu sin, mise a' tilleadh an sin," fhreagair an gàirnealair òg. "Chan eil mise ag iarraidh a bhith air mo mhurt aig na creutairean grànda sin. Tha iad ro mhath air **gath** a chur annad."

"Nach eil fhios gu bheil," fhreagair am fear eile. "Is tric a chuir iad **gath** annamsa! **Is iomadh uair** sin. Chan eil e idir furasta mil fhaighinn gun gath a dhol tromhad."

"Seadh a-nis," thuirt am fear òg ris fhèin, "'s e mo bheachd nach eil an obair agam fhìn cho dona a **dh'aindeoin cuise**." Agus air ais gun do ghabh e, le cridhe aotrom agus spiorad **sunndach**, dhan ghàrradh aige fhèin agus chun na h-obrach a bh'aige **bho thùs**.





Obair 1 Geàrr-chunntas

- Sgrìobh na seantansan Beurla agus tagh am freagairt ceart airson deireadh gach fear 1-7.
Copy the following sentences to summarise the story. Choose the correct ending for each one.

- The story tells of a young gardener who goes in search of a new career because
 - he wasn't enjoying his job anymore
 - he had difficulty selling his produce
 - he wasn't very good at gardening
- He thought if he got a different job he would be
 - more successful
 - richer
 - less busy
- First of all, the gardener tried being a
 - baker
 - fiddler
 - stone mason
- He then got a job as a
 - baker
 - butcher
 - grocer
- Finally he tried being a
 - hunter
 - beekeeper
 - crofter
- He gave up each new job he tried as
 - he discovered they were not as easy as they seemed
 - they didn't pay well enough
 - he didn't get on with his employers
- Eventually he was happy to go back to being a gardener because
 - he needed the money
 - he couldn't get another job
 - he realised it wasn't such a bad job after all



Obair 2a Faclan

- Sgrìobh na faclan Gàidhlig.
- Tha iad uile a' nochdadh anns an sgeulachd ann an clò trom.
- Maids a' Bheurla cheart riutha.
- Coimhead air a' cho-theacsa san sgeulachd airson do chuideachadh.

Copy the Gaelic words. You will find them in the story in bold print. Match them with the correct English. Look at their context in the story to help you.

Gàidhlig	Beurla
riarachte	sting
bho thùs	always
obair chruaidh	happy
mì-thoilichte	originally
mil	employment
cosnadh	bakery
gath	unhappy
daonnan	a good price
sunndach	honey
deagh phrìs	satisfied
taigh-fuine	hard work





Obair 2b Abairtean

- Sgrìobh na h-abairtean Gàidhlig.
- Tha iad uile a' nochdadh anns an sgeulachd ann an clò trom.
- Tagh a' Bheurla cheart air an son.
- Coimhead air a' cho-theacsa san sgeulachd airson do chuideachadh.

Copy the Gaelic phrases. You will find them in the story in bold print. Choose the correct English translation for each one. Look at their context in the story to help you.

Gàidhlig	Beurla
1. Cha tig an latha	a) in the next few days b) the day will never come
2. Cha b' fhada	a) it wasn't long b) a long time
3. o mhoch gu dubh	a) in the dead of night b) from dawn to dusk
4. a dholaidh	a) to waste b) to good use
5. uair is uair	a) again and again b) hardly ever
6. Thug esan a chasan leis	a) he stood his ground b) he ran away
7. àird a chinn	a) At the top of his voice b) quietly
8. Is iomadh uair	a) many a time b) never
9. a dh'aindeoin cùise	a) because of everything b) despite everthing
10. gun fheum	a) useful b) useless



Obair 2c Seantansan

- Sgrìobh na seantansan Gàidhlig.
- Tha facal/abairt bhon sgeulachd anns gach fear dhiubh.
- Sgrìobh a' Bheurla air an son.

Copy the Gaelic sentences. Each one contains a word or phrase from the previous two exercises. Translate them into English.

1. **Is iomadh uair** a bha mi thall thairis.
2. Bidh mi **daonnan** dicheallach anns an sgoil.
3. Tha Calum às na Hearadh **bho thùs**, ach tha e a' fuireach ann an Glaschu a-nis.
4. Chan eil am peann seo ag obair. Tha e **gun fheum!**
5. Tha obair mhath agam agus tha mi gu math **sunndach**.



Obair 2d Dèan seantansan!

- Tagh trì faclan no abairtean bho Obair 2a agus 2b.
- Dèan fhèin seantans le gach fear.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Choose three words/phrases from Obair 2a and 2b. Make up your own sentences with each one. Write your sentences in Gaelic and English.



Obair 3 Leugh

To which jobs in the story do the following quotes refer? Match each quote to the correct job.

gardening

beekeeping

fiddling

baking



a)

Ach b' e siud an obair chruidh! Bha na gàirdeanan aige cho sgith

b)

Tha siud cus nas miosa na bhith ag obair anns a' ghàrradh.

c)

Chan eil sin gu feum sam bith dhòmhsa. ... Gheibh mi obair eile agus cha bhi mi a leth cho trang

d)

Chan eil mise ag iarraidh a bhith air mo mhurt aig na creutairean grànda sin. Tha iad ro mhath air gath a chur annad!



Obair 4 Ceistean

- Obraichibh ann am buidheann.
- Bruidhinn mu na ceistean a leanas.
- Sgrìobh na freagairtean agad.
- Bruidhinn ris a' chlas mu do bheachdan.

Although this story appears to be simple, it contains very valid moral messages worthy of attention. Discuss the following questions with your group. Write your own answers. Share your answers in discussion with the rest of the class.

1. a) The title of the story is an old Gaelic proverb. Explain, in as much detail as you can, what it means.
b) Do you know an English expression which means the same?
c) Why is the title suitable for the story?
2. Both the fiddler and the beekeeper have some very wise words for the gardener. Read the quotes below. What do you think each of them is trying to tell him? Do you agree with them? Explain your responses.



3. How might the fiddler and the beekeeper's advice apply to you in **your** life? Think in particular about school, your own talents and your future.
4. Do you think the gardener learns anything from his experiences in the story? If so, what?



Obair 5 Bruithinn no Sgrìobh

- Freagair na ceistean ann an Gàidhlig.
- Coimhead anns a' bhogsa Abairtean feumail agus air Faclan is abairtean airson cuideachadh.
- Faodaidh tu na freagairtean agad a ràdh no a sgrìobhadh.

Answer these questions about yourself in Gaelic. Look at the phrases in the box below as well as your unit vocabulary to help you. You may either write your answers or tell them to your partner/teacher.



Dè an obair a bu toigh leat fhèin?

Carson?

Dè tha math mun obair sin?



Dè an obair nach bu toigh leat?

Carson?

Dè nach eil math mun obair sin?

Abairtean feumail

Bu toigh leam/Cha bu toigh leam a bhith nam...

Bhithinn toilichte a bhith ag obair ann an...

Cha bhithinn toilichte a bhith ag obair ann an...

Chòrdadh/Cha chòrdadh ... rium

'S e/Chan e obair mhath a th' ann

Nam bheachd

oir

I would/would not like to be a...

I would be happy working in a...

I wouldn't be happy working in a...

I would/would not enjoy...

It is/is not a good job

In my opinion

because



Obair 6 Seanfhaclan

- Obraich leat fhèin no còmhla ri caraid/buidheann.
- Leugh na seanfhaclan seo.
- Dè tha iad ag innse dhut?
- Sgrìobh do beachdan ann am Beurla.

Work on your own or with a partner/group. Read these Gaelic proverbs. They all have something worthwhile to say that can be related to work. Work out what each one means (literally) and then think about what advice or warning each one is giving. Write your answers in English.

1.

Fear nach cuir air latha fuar, cha bhuain air latha teth.

2.

Bidh an t-ubhal as fheàrr air a' mheanlgan as àirde.

3.

Chan ann leis a' chiad bhuille a thuiteas a' chraobh.



Obair 7 Faigh a-mach

- Coimhead airson seanfhacal air cuspair sam bith.
- Faodaidh tu coimhead anns an leabharlann no air an eadar-lìon no faodaidh tu bruidhinn ri tidsear no duine eile le Gàidhlig.
- Tagh an seanfhacal as fheàrr leat agus inns dhan chlas mu dheidhinn.

Find some Gaelic proverbs. You could look in the library or on the internet or you could ask your teacher or another Gaelic speaker if they can give you a few examples. Choose your favourite and tell your class about it.

Ceum air cheum

Modal 2, Aonad 1 agus 2

'S urrainn dhomh/l can

Say what job I have

Tha mi...
nam dhràibhear, nam mheacanaig,
nam ghàirnealair, nam
mhaisiche, nam nurs...

Ask if someone does a particular job

A bheil thu...?
nad ghruagaire, nad dhotair, nad
thidsear nad bheat, nad nurs, nad
einnseanair...

Say what job a man has

Tha e...
na dhotair, na phlumair, na
thuathanach, na einnseanair, na iasgair,
na maisiche...

Say what job a woman has

Tha i...
na dotair, na plumair, na tuathanach
na h-einnseanair, na h-iasgair, na
sgheadachair...

Use some words/phrases to describe
jobs, skills or qualities

dìcheallach, cunnartach, tuigseach
foighidneach, coibhneil, onarach,
math le clann, math le beathaichean...
ma...

Say something will happen if...

ma bhios latha math ann..., ma chì mi
Anna..., ma gheibh mi obair..., ma
thèid mi dhan cholaiste...,
ma tha thu ag iarraidh a bhith nad
dhotair...

Say what will happen when...

nuair a...
nuair a bhios mi deiseil...,
nuair a thèid mi dhan oilthigh...,
nuair a dh'fhàgas mi an sgoil...,
nuair a bhios i fuar a-muigh...

Use some 'time' words to say when
something will happen

tric, a dh'aithghearr, uaireigin,
chì mi a dh'aithghearr thu,
Thèid mi ann uaireigin
an-ath..., ro..., an ceann...
an-ath-bhliadhna, ro Dhiluain,
an ceann seachdain

Ask someone if they would like to do something.

A bheil thu/sibh airson...?
a dhol dhan cholaiste
obair fhaighinn
falbh a-null thairis
fuireach ann am baile
a bhith nad nurs

Say that I would like to do something.

Tha mi airson...
obair fhaighinn.
a bhith nam neach-lagha
Bu toigh leam cùrsa a dhèanamh ann am Bith-eòlas

Say that I would not like to do something.

Chan eil mi airson...
a dhol dhan cholaiste
a bhith nam shaor

Ask if someone would be interested in something.

Am biodh ùidh agad/agaibh...?
ann an cùrsa colaiste
anns an obair sin
ann an club-dràma

Say that I would be interested in something.

Bhiodh ùidh agam...
ann an cùrsa Cruinn-eòlas
ann am marcachd
ann an obair le Gàidhlig

Say that I would not be interested in something.

Cha bhiodh ùidh agam...
ann an club-tàileisg
ann an club-obair-dachaigh
ann an cùrsa còcaireachd

Say that I would/would not do something

Bhithinn a' fuireach thall thairis.
Cha bhithinn toilichte a bhith ag obair ann am bùth.

I have:

learned about hereditary professions in the past
learned about the Beaton doctors (hereditary doctors to the MacDonalds and MacLeans)
learned about the MacCrimmon pipers (hereditary pipers to the Clan Macleod)
learned about who a clan chief might employ
read and discussed the traditional tale 'Tha Adhaircean Mòra air a' Chrodh a tha fad às'
discussed some old Gaelic proverbs related to work.
done a little research of my own to find some old Gaelic proverbs.



Ceum a bharrachd 1.

Craoladairean telebhisein

- Leugh an sanas-obrach.
- Freagair na ceistean.

Read the job advert. Answer the questions.

Craoladairean Telebhisein

Am bu toigh leat a bhith nad rionnag telebhisein?

BBC
ALBA

Tha sinn a' lorg dithis dheugairean (nighean agus balach) eadar 14 agus 16 bliadhna a dh'aois airson prògraman ùra òigridh a dhèanamh as t-samhradh.

Feumaidh tu a bhith:

- dìcheallach
- fileanta ann an Gàidhlig
- math air bruidhinn air beulaibh camara
- math air spòrs

Bidh thu ag obair ann **an stiùidio ann an Glaschu** agus **a-muigh**.

Anns an stiùidio bidh thu:

- a' còcaireachd
- a' dèanamh Ealain
- a' bruidhinn mu fhilmichean agus mu cheòl.

A-muigh bidh thu:

- a' dèanamh spòrs agus cur-seachadan inntinneach
- a' bruidhinn ri deugairean eile.

Ma tha ùidh agad anns an obair seo, no ma tha thu airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn, sgrìobh ro 15 Cèitean gu:

Mairead NicLeòid, BBC Alba, 17 Sràid na h-Eaglaise, Glaschu G12 8QB

Fòn: (0141) 579 7722

Tuarastal a rèir aois (eadar leth-cheud agus ceud not gach prògram)



Ceistean

1. What is the first question asked in the advert?
2. How many presenters are the BBC looking for?
3. What ages may apply for this job?
4. Who will these new programmes be aimed at?
5. At what time of year will the programmes be made?
6. The advert gives details of four skills/qualities applicants must have. Name three of them.
7. Where is the studio located?
8. Give three examples of things presenters will be doing in the studio/out on location.
9.
 - a) To whom should applications be addressed?
 - b) Write the address in English.
 - c) What is the closing date for applications?
10.
 - a) How much will be paid for each programme?
 - b) What does the salary depend on?



Sgrìobh

Ceum a bharrachd 2.

A' lorg neach-bùtha

- Tha bùth agad.
- Tha thu a' lorg neach-bùtha airson do chuideachadh gach Disathairne.
- Sgrìobh sanas-obrach.
- Coimhead air an eisimpleir airson cuideachadh.

You own a shop and are looking for an assistant to work on Saturdays. Design an advert for the job. Look at the example below to help you.

Neach-bùtha (Disathairne)



Tha **Suiteis Gu Leòr!** a' lorg neach-bùtha.

Bidh e/i ag obair bho naoi uairean sa mhadainn gu còig uairean feasgar a h-uile Disathairne.

Bidh e/i a' frithealadh, ag obair le airgead agus a' sgioblachadh.

Feumaidh e/i a bhith:

- sia-deug no nas sine (tuarastal a rèir aois)
- math air matamataig
- dìcheallach
- càirdeil
- modhail

Airson tuilleadh fiosrachaidh, sgrìobh no fòn gu:

Tormod MacNèill, Suiteis Gu Leòr!

43 Sràid a' Chaisteil, Bàgh a' Chaisteil, Barraigh

T: 01871 810 555

tormod@suiteisguleòr.co.uk



Ceum a bharrachd 3a.

Dè chuireas mi orm...?

- Tha thu a' dol gu agallamh.
- Dè an t-aodach a chuireas tu ort?

You have an interview for your dream job. What would you wear? Describe your outfit in detail.

Mar eisimpleir:

Bhithinn a' cur orm... I would wear...



Ceum a bharrachd 3b.

Aig an agallamh...

- Tha thu aig an agallamh.
- Feumaidh tu innse dhaibh carson a bhiodh tusa freagarrach airson na h-obrach.
- Dè tha thu a' dol a ràdh?
- Sgrìobh do fhreagairt nad leabhar-sgrìobhaidh.

You are at your interview. The interviewers want to know why you would be suitable for the job. What do you say to convince them you are the best person for the job? Write your answer in your jotter.

Start your answer with '**Bhithinn freagarrach airson na h-obrach...**'






Ceum a bharrachd 3c.

A' bruidhinn aig an agallamh...

- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan agallamh còmhla ri do charaid.
- Cleachd am fiosrachadh a sgrìobh thu ann an 3b.

Work with a partner. You will be acting out a job interview scenario. Take turn about to be the interviewer/interviewee. When you are being interviewed, use the information you wrote about yourself in 3b.

The interviewer should find out:

-  A little bit about the candidate (name, age, where they are from etc).
-  Why they think they would be good at/suitable for the job.
-  A little bit about their interests/hobbies.



4. 'S fhada bhon uair sin!

- Tha thu air an sgoil fhàgail o chionn bliadhna.
 - Sgrìobh post-dealain no litir ghoirid gu caraid nach fhaca tu airson bliadhna.
 - Inns dha/dhi dè tha thu a' dèanamh an-dràsta.
 - Coimhead air an eisimpleir.
 - Smaoinich air na puingeann seo:
- | | |
|--------------------------------------|--|
| ✓ A bheil thu ag obair? | ✓ Cò ris a tha do bheatha coltach a-nis? |
| ✓ A bheil thu aig colaiste/oilthigh? | ✓ A bheil e a' còrdadh riut? |
| ✓ Càit a bheil thu a' fuireach? | |

It is a year since you left school. Write a short e-mail or letter to a friend you haven't seen since you left. Tell him/her what you are doing now. Ask them what they are doing now. Consider the questions above and read the example below to help you.

173 Sràid an Rìgh
Obar Dheathain
Diciadain 15 An Cèitean

Hai, a Cheit!

'S fhada bhon uair sin! Ciamar a tha thu? Tha mise a' fuireach ann an Obar Dheathain a-nis. Tha mi aig an oilthigh a' dèanamh cùrsa ann am Fraingis agus Gearmailtis. Chan eil an cùrsa ro dhoirbh ach tha tòrr obair-dachaigh agam. An-ath-bhliadhna bidh mi a' dol dhan oilthigh anns a' Ghearmailt no anns an Fhraing airson sia mìosan! Tha mi gu math fortanach.

Tha mi a' fuireach ann an taigh faisg air an oilthigh còmhla ri nigheanan eile. Tha còignear a' fuireach anns an taigh! Tha iad uabhasach laghach. Uaireannan bidh sinn a' dol a-mach dhan taigh-dhealbh, gu dannsaichean no gu consairtean còmhla. Tha Obar Dheathain sgoinneil! Tha e mòr agus trang agus tha na bùthan uabhasach math! Bhiodh e a' còrdadh riut fhèin cuideachd.

Bidh mi ag obair ann an cafaidh ann am meadhan a' bhaile a h-uile Dihaoine agus Disathairne. Is toigh leam an obair agus tha an t-airgead feumail cuideachd!

Dè tha thusa a' dèanamh a-nis? A bheil thu ag obair?

Bidh mi dhachaigh a dh'athghearr. Tha na saor-làithean ann an ceann mìos.

Bidh mi gad fhaicinn an uair sin.

Sgrìobh air ais,
le gaol,
Màiri Anna xxx



5. An ceum mu dheireadh...

- Sgrìobh earrann mu dè tha thu 'n dùil a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil.
- Smaoinich air càit a bheil thu ag iarraidh obair/fuireach agus mar sin air adhart.
- Airson cuideachadh, cleachd na notaichean a rinn thu airson a' mheasadh labhairt agad (Eacarsaich 19) agus coimhead a-rithist air an earrainn mu Fhlòraidh NicAmhlaigh.
- Cleachd cànan an aonaid agus am faclair cuideachd.
- Sgrìobh co-dhiù 150 facal.

Write a passage about what you would like to do when you leave school.

Think about what you would like to study and/or what job you would like to do, where you would like to live and work etc. You should also give some reasons for your choices.

Use the careers research you did for Exercise 19 and the new language you have learned in this unit to help you. Read the example below. It has about 250 words in it.

You should aim to write at least 150 words.

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil...

Is mise Flòraidh NicAmhlaigh agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil an Òbain.

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, tha mi ag iarraidh a bhith nam nurs.

Tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail air a' chòigeamh bliadhna agus thèid mi dhan oilthigh ann an Glaschu no Dùn Èideann – tha mi an dòchas.

Feumaidh mi ceithir cuspairean aig Àrd Ìre B airson faighinn a-steach dhan chùrsa.

Anns an sgoil an-ath-bhliadhna bidh mi a' dèanamh Bith-eòlas, Ceimigeachd, Beurla, Gàidhlig agus Matamataig aig Àrd Ìre. 'S e Bith-eòlas an cuspair as fheàrr leam ach tha mi a' smaoinichadh gu bheil Ceimigeachd caran furasta.

Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad nurs, feumaidh tu a bhith tuigseach, coibhneil, foighidneach agus math le daoine. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil mise coltach ri sin. Chan eil an tuarastal uabhasach math ach bhiodh an obair a' còrdadh rium.

An-dràsta, bidh mi ag obair ann an dachaigh-cùraim air an deireadh-sheachdain agus tha e a' còrdadh rium gu mòr.

Nuair a bhios mi deiseil aig an oilthigh, bu toigh leam a dhol a-null thairis airson bliadhna – 's dòcha a dh'Astràilia. Bhiodh e math obair fhaighinn ann an ospadal no clionaig bheag air an dùthaich.

Nuair a thig mi dhachaigh a dh'Alba, tha mi airson obair fhaighinn ann an ospadal mòr ann an Glaschu. Bhiodh e math fuireach ann am baile mòr. Nuair a bhios airgead gu leòr agam, gheibh mi taigh snog agus ceannaichidh mi càr beag cuideachd.

Nuair a bhios mi mu thrithhead, tha mi airson pòsadh agus tha mi an dòchas gum bi clann agam.



dachaigh-cùraim

a care home

tha mi airson pòsadh

I would like to get married

